

[DA 1]

Orannaigh Gaedhealach  
AGUS  
BEARLA.

LE  
DONACHA LOUDIN.

SERIA MIXTA JOCIS Ovid.

ABERRAIN:  
Clo-Bhuailt ann Le SHEUMAS CHALMERS,  
Airson,  
Wm. SHARP, ann 'n INNERNESS  
MDCCLXXX.

[DA 2]

<eng>ENTERED IN STATIONERS HALL.

[DA 3]

[Blank]

[DA 4]

A  
COLLECTION  
OF  
Gaelic and English Songs

BY  
DUNCAN LOTHIAN, and other Hands

SERIA MIXTA JOCIS.

ABERDEEN:  
Printed by J. Chalmers:  
For WILLIAM SHARP, Stationer, INVERNESS.  
MDCCLXXX.

[DA 5]

[Blank]

[DA 6]

[Blank]

[TD 1]

PREFACE.

THAT the Gaelic was the Language used by the first Inhabitants of this Island, who migrated from the Continent, is sufficiently evident. At the Time of the Roman Invasion, it was the Language spoken over a considerable Part of Britain. After the Romans, the Danes and Saxons gained Ground upon the Gael, and obliged them to remove into the Western Parts of Scotland. The Scotch, being the Language spoken by the Inhabitants of the low Country, soon after became the Court Language, and expelled the Gaelic. From this time the Gaelic began to decline. But it is not our Design, in this Preface, to give a History of the Progress and Decay of this Language; however, from a Consideration, that it was the Language used by our Fore-Fathers, we may just wonder, that the Study of it meets with so total a neglect, even from those whose Mother-Tongue it is, and who learn to speak it by Imitation. Some Attempts have of late been made, to reduce the Principles of this Language to certain Rules. It were to be wished, that some Standard was set up by the Literati in the Gaelic, for the Study of it; for I may venture to affirm, That there are not Six Persons in the Highlands who agree in every particular in the Orthography of this Language.

[TD 2]

The following observations may render the Perusal of these Sheets more easy to the Reader.

In the Gaelic language there are Eighteen Letters, a, b, c, d, e, f, g, h, i, l, m, n, o, p, r, s, t, u. Five of which are Vowels, a, e, i, o, u.

The greatest Difficulty in reading the Gaelic Language arises from the Combination of Consonants. The following are the most common.

bh and mh, sound like v in English  
ch sounds always guttural, like ch in Chaos  
dh and gh, sound like y in English  
fh, in which f is mute  
ph, sounds like f  
sh, in which s is mute  
th, has the t silent

These are called Secondary Mutes.<gai>

[TD 3]

ORAN GAOIL.

AN raoir a bhruadair me m' chadal,  
Rioghain ghasht an fhuilt duail,  
I bhi sinnt ann mo ghlacabh,  
Mar a b' ait leam 's gach uair;  
Beùl meachair 's è siàbhailt,  
Fui minruiteach gruaidh;  
Mar an driùchd do shùil chorrach,  
Fui d' chaol mala gun ghruaim.

2. Cha d' fhuair me 'n raoir Caddal,  
Air leabaidh 's mi m' aonor;  
'S mi smuaint' bean do natair,  
Thug tacaaid bhàis domh 's a chlaoidh me,  
Ge h ainmeil DIANA,

Thug mo ghradhsa barr' gill orr',  
Ann treùbhantachd pearsa,  
Ann àildeachd, dreach, agus sgiamhachd.

3. 'Si 'n te tha mi graite,  
Gur h àild ì na VENUS;  
Tha ì shuas fui' cùl fàineach,  
Mar dhealradh na Greine,  
Tha da shlis mar an Eala,  
Bas mar channach an t sleibhe;  
S' truadh gur mise rinn t' fhaicsin,  
Ma 's a beachd leat mo threigeadh.

4. 'Si n' te tha san Ardail,  
Thug barr mais' air gach mnai,  
Ciochan soilse' air t uchd solluis,

[TD 4]

Fui' d' bhragad soilleir geal, bàn;  
'S mòr an toiseach air dò'ruinn,  
Do 'n tì chuir eòlas ort trà,  
Bhi na aonar ann leabuidh,  
'S gun bhi d' ghlacabh fui' d laimh.

5. Ach a ghèug nan rasg cannach,  
'S na meall shuile mòdhar;  
'S truadh nacn 'eil mi 's tu thall ud,  
Ann 'sa Ghleannan 'san ceò dheth;  
Ann 'sa bhaddan bheag uigheach,  
Cha b' fhuathach bhi d' bhòga;  
Nàm do chonn-trà † bhi druideadh,  
B' è mo chuidse, do dheansa.

6. 'Sann tha m' fhortan-sa 'n cunnart,  
Mar bhlà dhuillich air gèig;  
'Sè gu meòlanta dìreach,  
Gle dhileas gu bharr;  
Cha strep mi gu dìlin,  
Dh' ain-deoin dìchil mo lamh;  
Ach a Rìgh th' ann sa' Chathair!  
Lub an Reall ‡ so m' dnail.

7. Ach a Rìgh th' ann sna h ardaibh,  
Lùb an t sàr ghi'bhnt so nuas;  
A dh' fhàg mise fuidh eislean,  
An-aoibhin 's gach uair;  
Dh' fhàg m' inntin fo luigse,  
'S nach creid iad sud uam;  
'S mi maonar am leabuidh,  
'S nach codal domh uair.

8. 'Si do lamh air stol pòsaidh,  
Bheireadh solas domh luath;

<eng>† The Twilight.

‡ A Star.<gai>

[TD 5]

'San Crùn ge do dh' éibht è,  
Bu coi-èibhin san uair:  
Mur 'eil do thoil rè, dhomh,  
'S gu 'n geil ù gu buan,  
Cha 'n 'eil agam do t' èiric,  
Ach aon leindeag sann uaigh.

Oran Sugraidh; ann Beurla, 's ann Gaelic.

<eng>AS I was walking,<gai> 's mi tursach na 's leor,  
Gu d' fhuaras tigh Caraid,  
'Sè fagas do 'n ròd,  
Ann faca mi Maighdin,  
'Sì caoineil ro chòir:  
'S bidh Rùn mo chri' agam,  
Mo chaillin donn òg.

2. <eng>As soon's I beheld her,  
My heart was full sore;  
The longer I saw her,  
I lov'd her the more.<gai>  
Tha gaol air mo ghlaca',  
'S nach fèud mi ga còir.  
'S bidh rùn mo chri' agam,  
Mo Chaillin donn òg.

3. <eng>And when I had bedded,<gai>  
'S gun an cadal am chòir;  
<eng>I payed a visit,<gai>  
Do 'n chaillin ghlan òg.  
Bu chùrai' a h anail,  
Blas meal air a pòig.  
Bidh rùn mo chri' agam,  
Mo chaillin donn og.

4. <eng>As she was a sleeping,

[TD 6]

She did not controul,<gai>  
Nuair fhuair mi ì m' ghlacaibh,  
Bha m' aiteas ro mhòr.  
<eng>I could hear my heart dunting,<gai>  
N uair luidh mi ga còir.  
'S bidh rùn mo chri' agam,  
Mo chaillin donn og.

5. <eng>She said in a hover,  
Sir, what are you for?<gai>  
Cha b' urrain mi freagairt,  
Bha m' eagal co mhòr.  
<eng>I said, my dear jewel,  
I pray you compose.<gai>  
'S bidh rùn mo chri' agam,  
Mo chaillin donn og.

6. <eng>She said in a passion,<gai>  
Cha 'n fhèud ù bhi 'm chòir.  
<eng>Leave off with your jesting,  
I'll take it no more.<gai>  
Cha chreiddin do mhionnan,  
'S cha 'n èisdin do ghlòir,  
'S cha 'n fhaigh ù nochd caidribh,  
O 'n chaillin donn òg.

7. <eng>As you are a stranger,  
You should not propose  
To have me decoyed,<gai>  
Is m' fhagail fo bhròn.  
Cha ghabhainse Masladh,  
'O dhuine tha beò.  
'S cha 'n fhaigh ù nochd caidribh,  
'O 'n chaillin donn og.

8. <eng>As I am a sinner,

[TD 7]

I never propos'd,  
To have you decoyed<gai>  
'Is t 'àgail fo bhròn.  
Ach dheanuin do phùsa',  
Gun mhearrachd, gun bhòst,  
'S bidh rùn mo chri' agam,  
Mo chaillin ghlan og.

9. <eng>If you will prove constant,<gai>  
Gun mhearrachd gun ghò;  
<eng>And stand to the promise  
You gave me before.<gai>  
Ma thig ù sann t slighe,  
'S qu 'n coisich ù 'n ròd,  
Bi cinnteach a' caidribh  
'O 'n chaillin donn og.

Malli mo Stor.

THainig mi seach allt nam bruach,  
Mu fheascar ann sa' mhai;  
Bha na h eoin bheaga' sèinn mu'n cuairt  
'S gach àite gabhail tàmh;  
Le 'n ceilleirin ga 'n glèusadh dlù,  
'S a' sèinn le fonn, 's le ceol;  
'Sì gradh mo chri' mo chaillin òg,  
'Sì Malli mo Stor.

2. Rinn mi suidh' air a bhruaich,  
'S mi cumh' air son mo ghaoil;  
Nach seall ù orm, is gabh dhiom truas  
Da 'n d'rinneadh tràil le d' ghaol;  
Na 'm brist ù 'n criodh' so 'ta 'm' chom?  
Th' air lagacha' le bròn:

[TD 8]

'Sì gràdh mo chrì, mo chaillin òg,  
'Sì Malli mo stòr.

3. Na h eoin bheag os mo cheann,  
A' cuirteis air gach craoibh;  
Is ghabh mi fàrmad mòr re'n staid,  
A' Seinn gach ceilleir gaoil,  
Mac-samh-luidh chaoi'neas dh'fheuch ì dhomh  
Ge d, chaill mi noise air, còir:  
'Sì gradh mo chrì', mo chaillin òg,  
'Sì Malli mo stòr.

4. Tha gach lus is àilde dreach,  
Chur nadur air an raon;  
'S na h uille ròs air einntin seachd,  
'S iad air an sgapa' faoin;  
Ach 's mòr is cù'raidh 'm brollaich tlà,  
Ga n dug mi 'n gaol ro mhòr,  
'Sì gradh mo chrì', mo chaillin òg,  
'Sì Malli mo stòr.

5. Ge bu leamsa huille treud tha air a' mhon ud, thall  
'S na bheil a dh, fhèudail air mu'n cuairt  
Aig innealtra ann sgach ball;  
Ris an te ga'n dug mi gaol,  
Gu 'n deannain roinn le deoin,  
'Sì gràdh mo chrì mo chaillin òg,  
'Sì Malli mo stòr.

6. Th' uirt ù rium gu 'n dug ù gaol,  
'S gu 'm biodh tu dhomh mar shaoil;  
Cha mhiossa' neach le d' chomhra' ciuin  
Gu mealladh tu air aon;  
'S è Gaol na 'ha mi 'g iarruidh bhos,  
Nam faighin è le deoin;

[TD 9]

'Sì rùn mo chrì' mo chaillin òg,  
'Sì Malli mo stòr.

Oran, le Mac-Mhic Raonuil na Ceapaich.

Thugas ceist do 'n mhnai gasta,  
'S gilleadh leachda, 's a cùl mar an tòr.  
Cam-lùbach, barr bachlach,  
Gruaidh dhaite, dèud snaite mar nòs.  
Sùilin corrach mar Chriostal,  
'S binnis aoibhin leum briòtal a beoil.  
Aghaidh sholluis ann còi-stri,  
Co dhiu 's àilde an neonan, na 'n ròs.

2. Tha do mhuinneal mar chanach,  
Tha t fhiamh mar làn gloine do 'n fhion.  
Tha t uchd mar an ealla,

Tùir ghealla, 's am barrana sias.  
Tha do shlis mar thuinn mhara,  
'Nuair dh' èireadh mòr ghaillin, no siän.  
Ge bu dân è re labhairt,  
Air nàil b' e bhi ma' riut mo mhian.

3. Sliosaid ghasta 's maith cumma',  
Deas chalpa, troidh 's cuimir am bròig.  
Thugus Gaol duit o 'n uiridh,  
Dh' fhàg fui' chrèuchd mi, mar dhuine gun treoir.  
C'ait na ghinn ì, shiol Adhamh  
Na chuma' aon ràigh me beo;  
Gun an te tha mi gràite,  
Orm furtachd, 's mo shàbhal o 'n fhòid.

4. Cha n'eil ortsa cron cumadh,  
Re fhaicsin o d' mhullach gu d' bhonn'

[TD 10]

Dh' fhàs ù d' sgàthan don' chruinne,  
Rinn Natar chum urram thoirt oirn.  
Chiùin Ainnir mhin, thaitneach,  
Ghrinn, ghasta, 's binn blasta guth beoil.  
Tuig-se dòruinn mo phearsa,  
'S na trial-sa cur as domh ni's mò.

5. Tha do choltas re VENUS,  
PHILOCLEA cha bu choimeas do m' Rùn.  
Fàbhradh ghasta fiu' d' lèirsin,  
Thaobh airis mar fhèur, 's è fui dhruìchd.  
'S lion' ar fear a thug spèis duit,  
Aig feothas do bheusan, 's do thùr.  
Thug ù dha-thigh le t èibheachd,  
Gach aon fhassan bu leir leat sa' chùirt.

6. C'ait a bheil ann duit coi'meas,  
A ghèug sholluis is gilleadh na ghrian.  
DIANNA ri faicsin,  
'Stu is àilde ann coltas mar thrìan.  
Thaobh cummachd cha d' èid ì,  
Ann coi-meas ri geùg na 'n glan chiabh;  
Air m' fhacal 's tu 's ceùtaich,  
A chunacas le m' lèirsin-se riamh.

7. C'ait 'n do sheall ì riamh 'n sgathan,  
Boinne fola thug barr ort fui' 'n 'spèur?  
Ann gillead, 's ann ailteachd,  
Chìte t ailleas mar dhealradh an grèin.  
An gaol thugas tra dhuit,  
Bi è m' airr' gus an la' 'n tig an t èug.  
Ach ma leigeas tu bas domh,  
'S mairg fear eile bheir gradh dhuit am dheigh.

8. O 's mis tha fui' mhulad,  
'S tric mo shùillin a' cruinneacha' dhèur.

[TD 11]

Cha mhor nach d' 'albh uam mo lèirsin,  
Chlaoidh mo phearsa le h èugantas \* mhòr.  
'S truagh gun slat do mhnaoi mhin-ghil,  
A chumma' le briodal mi beo;  
Bheireadh cail, agus lùth dhomh,  
Ge do bhiodh mo shùilin fui' chleochd.

9. Sann air bruachaibh mo leapadh,  
Chunacas slat do mhnaoi sheamh, 's ì na suidh  
Lion lan dòrain mo phearsa,  
'S mi gu lag, agus gaol air mo chlaoidh;  
Le Saighdibh gèur, sgaiteach,  
Ga 'n sior chur tarsuin mo chrì.  
Cha bheag chuis mhasluidh,  
Ma nitear mo chasgairt le mnai,

10. Ach ma rinn ù mo dhibeairt,  
A rioghain leis an d' rinneadh mo lot.  
An deigh dhomh bhi striochda,  
'S mi sinnte sios le mòr-ghoimh.  
Bheirin miannan do n' Phiobal,  
Ge d' gheibhin còir sgrìbht an domhan tur;  
Chionn gu 'n glaise tu sith rium,  
Gu 'n deannain d' e Jobairt gu d' thoil.

11. Ma 's beag leatsa do pheaca,  
Na rinn ù do m' lot-sa o' thùs?  
'S urra leat-sa ma 's ail leat,  
Mo chrèubhag a charubh san ùir;  
'S olc ambèus do mhnaoi ghasta,  
Da 'n èigin dol da-thigh a nunn;  
Am fear is mò thug a ghradh dh' i,  
Gu 'n doraig i 'm bas da ga chionn.

\* Pian, no cradh.

[TD 12]

Oran air Maighdin arraid.

Tha mo chionsa gun seachnadh,  
Do 'n rioghain ghasta gun gho;  
Do chùl dualach cas,  
Na dhualaibh cleachdach mar òr.  
Deùd mar chailc, 's am beùl  
O'n taitneach thig ceòl,  
Is o'n ghèil dhuit m' aigne,  
'S truagh o'n chlàir gun ù agam le deoin.

2. Tha mo chion mar an ceudna,  
Air an oigh bhèusaich, bheachdar, ghrinn.  
'S binneadh briodal a' bèul,  
Na garraich na 'n tèud th' ar bein.  
Rùn mo chlèibh ù,  
Di' do rèite dh' ag mi tinn.  
Tha tall am chrè,  
Nach leighis Leigh, ach ì.



3. Chiùin bhean chèilidh,  
Bhèusach, bhas-gheal, ghraidh.  
Am bar gèig, thug  
Trèin na mais thair chach.  
Chaomh shlat ghasta,  
Mhealain thaitnich fo bhla.  
'S mairg mac duine rinn t fhaicsin,  
'S nach d' fèud a bhi d' chaidribh a ghna.

4. Gruaidh na nair, thug  
Mais thair chach 'sgach tìm,  
Aodan fhailteach,  
Fiamha gaire ruinn.  
Da shùil ghorm chorrach,

[TD 13]

Fui' d' chaomh-rosge maladh nach tìom.  
'S thig an t èug ann mo dhail-se,  
Gun an te sina charabh ruinn.

<eng>ALLOA HOUSE.

WHEN spring-time returns,  
And cloaths the green plains;  
Then Alloa shines  
More chearful and gay.  
The lark tunes its throat,  
And each neighbouring swain,  
Sings merrily round me  
Wherever I stand.  
But Sandy no more  
Returns to my view;  
No spring time can chear me,  
No music can charm;  
He's gone, and I fear me,  
For ever adieu;  
Adieu to all pleasures  
This bosom can warm.

2. O Alloa house,  
How much art thou changed?  
How dull, and how silent,  
To me are each grove?  
Alone I here wander,  
Where once we both rang'd,  
Alas! for to please me,  
My Sandy had strove.  
O Sandy I heard

[TD 14]

The tales you have told;  
Too fond I have listen'd,  
To the songs you have sung.  
Am I grown less fair?

Or are you grown too cold?  
Or did your folly believe,  
Their false flatt'ring tongue?<gai>

TIGH ALLOA.

'NUair phillis an t earrach,  
'S dreach uainn air gach gleann;  
Ni Alloa soillse,  
Le deagh-ghean san am.  
Bidh 'n uiseag gu ciätach,  
'S gach iän a bhios ann,  
Seinn croidheil mu 'n cuairt domh,  
Ge bi ait' ann san tamh.  
Ach Sanndi cha t 'ill e',  
'S cha 'n fhaic mi ach gann;  
Cha toir ceòl dhomh toil-intinn,  
Na 'n t earrach ach fann:  
Tha è nis air cùr cul rium,  
'S mòr m' eagal 's gach am;  
Slaint leis gach aon solas,  
Bha sa' bhrollach so 'n tamh.

2. O Thigh Alloa', 's mòr  
A mhugh ù, 's cha ghann.  
Cia samhach, cia tosdach,  
Gach ait a' ta ann?  
Tha mi m' aonar an drasda,  
Far ma ghna lein bhi caint;

[TD 15]

'S an cuireadh tu failt orm,  
O Shanndi, 's gach am.  
Chuala' mise 'O Shanndi,  
Do sgeulachdan grinn:  
'S tric, minic a dh' eisd mi,  
Ri t oranaibh binn.  
Am bheil mo mhais air fas suarach?  
No d' fhuaireich u fann?  
No faoin? aig toirt cluais,  
Do luchd gabhain, is caint.

ORAN GAOIL.

An Luinneag

MO dhuil re h uir,  
'Smo shuil re barraibh na 'm beann;  
Mo ghnothach gu h ur,  
Gu 'm faic mi u null do n' ghleann,  
Far am fai'meid muirn,  
Is cuirt mar charaid gun sgraing;  
'S gur h e smuaintich mi m' run,  
Gur cuis do mhealladh a bh' ann.

1. Mar Each ga m' thilgeadh air ailein,

'S mi ruighin a bhlaire gun mo lot;  
Bean a' diultadh a graidh dhomh,  
Is Bata ga m' fhagail re port.  
Beir sorruidh do m' leannan,  
Sa' ghleannan ann òilte an deoch,  
Is innis d' a cairdibh,  
Nach faic iad gu brath mi fui' sprog.

Mo dhuil, &c.

2. Ge b' è co bheireadh gaol,  
Gun ghaol ga chommaineadh dho,

[TD 16]

Ga choimpeireadh fein;  
'S gu 'm bu chuidhe dha faotain re phos;  
Ma 's fìor mo sgeul,  
'S gur h aithne dhomh fein a choir;  
Cha duine bheir uaith,  
Ach truaghan dona' gun treoir.

Mo dhuil, &c.

3. 'S iomadh fear a rinn posa',  
Re mnaoi aimidich oig, gun bhi glic;  
Nam bitheadh i boidheach,  
Dh' fhoghnadh sin air son stòrais, is nich.  
'Nuair a ni sibh an ceangal,  
As an gabh sibh an t aireachas tric,  
Muidhidh cach u mar bhleid-fhear,  
'S duine truagh u, cha chreiddeadh tu mis.

Mo dhuil, &c.

4. 'S iumadh fear a fhuair tochradh,  
Leis am b' fhearr dol le musgaid do'n 'Raing;  
Na bhi 'g eisteachd re drandail,  
'Nuair thiontadh 'n fhòid theinne na laimh:  
'Nuair a dh'eireadh a charraid,  
Bhiodh na h eilin a' lasadh mu'n spar.  
'S mor gu 'm'b' fhearr dol do Shassan,  
Gun mo dhuil ri teachd dha-thigh gu bràth.

Mo dhuil, &c.

5. Tha na mnaiean ro fhailneach,  
'S mise dh' fhaotadh a radha a' nochd;  
An te 's mo thug mi ghradh dh' i,  
Gu bheil i air m' fhagail gun toirt.  
Ma fhuair u fear aite,  
A chummas tu sasda, le stoc;  
Tha mise mar bha mi,

[TD 17]

'S mi 'g amharc gach la, air gach port.

Mo dhuil, &c.

6. 'N uair bha mise òg,  
'S mi gun earras, gun stòras, gun spreidh.  
'S mi deanamh mo thionsgnadh,  
Gun mo thiomna bhi sgribhte o 'n chleir.  
Air fonn, no air fearran,  
Bu neo chinnteach mo bharantas fein.  
Ach ma sheachuin u 'n ra'd,  
Biodh gach aon neach air gleidheadh dha fein.

An Caillin donn daite.

Iorram, air fonn. <eng>I entreat you, come kiss me, &c.<gai>

A Chaillin donn daite,  
Leam b' ait bhi ga d' phogadh,  
Na fiodhal air uairibh,  
Ge d' ghluaiste le ceol i;  
Gu bheil me co chinnteach,  
Mar deantar leinn posadh,  
'Gu n cuirrear san uaigh mi,  
Mu 'n buainnear an t eorna.

<eng>I entreat you, come kiss me,<gai>

'S ni ceil mi air cach e;  
Gur binne leam t iomradh,  
Na Instrumaint clarsaich;  
Gu bheil mi fui' mhulad,  
Tha truimheadh air m' airneadh,  
'S tha sac air mo chroidhe,  
'O! nach biodh tu lai' rium.

2. Gruaidh dhearg mar an corcan,

[TD 18]

Fiamh cailc' ar do bhragad;  
Tha do shlios mar an canach,  
Na mar aitteal a phaipeir;  
Suil ghorm is glan lionadh,  
'Si mar libhe an airgid;  
'S mis' a dh' ainnich am bliadhna,  
Gur h i Chiatai a b' ainm dhuit.

<eng>I entreat you, &c.<gai>

3. Corp seamh, is e fallain,  
'S tu 's banaileadh nadar,  
Le d' chalpana' geala,  
Mar Ealla na traighe;  
Cha 'n 'eil ort cron cumadh,  
'O d' mhullach gu d' shailibh,  
Troigh chruinn ann broig shocraich,  
Nach dochain am fasach.

<eng>I entreat you, &c.<gai>

4. Beir mo shoraidh nunn thairris,  
A dhionsuidh na Gruagaich;  
Ris na dheallaich mi hall ud,  
Caol mhala' gun ghruaman;  
Aig feobhas a cleachda,  
'S a h aigheadh gun smuairein,  
Gur truagh nach 'eil agam,  
Snaim glaic ort nach fuasgail.

<eng>I entreat you, &c.<gai>

5. Gu 'm b' fhearr lium na charaid,  
Is fearr theid ann buailidh,  
Nach cuirrin ort eolas,  
'S nach Mothuichin do shuairceas;  
Tha thu co aoidheil,  
'S nach 'eil aon ni mar ghruaim ort;

[TD 19]

Tha mi daonan a' saoilsin,  
Nach i chaoin ort a fhuair mi.

<eng>I entreat you, &c.<gai>

6. Gu 'n tug mi car tammuil,  
Re mireadh, 's re sùgradh,  
Mo bhoineid a' m' leith laimh,  
'S mi deanamh dh, ì umhlachd,  
Cha deana' ì focal,  
'Sè thu'irt ì am beurla,  
<eng>I care not for you Sir,

I entreat you, &c.<gai>

7. An raoir ann om labaidh,  
Cha chadal a fhuair mi;  
'S mi re smuaenteana' faoineadh,  
Bean t aog'ais a ghluais mi;  
Tha do fhòg mar an cannal,  
Is t anail gun truailleadh;  
'Nuair dhùinin mo shùilean,  
Bhithinn dlù ort a' brудар.

<eng>I entreat you, &c.<gai>

8. Na'n deanna' tu rèite,  
'S gu'n geillea' tu deonach;  
'S gu 'm faighin dhomh fein ù,  
Bean t éug'ais a' phòsuin;  
Bheirin mionnan a chumin,  
Ge bu leam a Roin-Eorpa;  
Gu 'n gistin gu saor è,  
Mu'n sgaolin do chòrda'.

<eng>I entreat you, &c.<gai>

9. Ge d' bhiodh agamsa Caisteal,  
Is geatachan mòra;

[TD 20]

Urrad eile do dh' airgiod,  
Do Ni, is do stòras;  
Is n ingheanna' Chaiptein,  
Is beartaich tha 'm flanraisc;  
Na 'm faighin gu m' raoighin,  
Gur ì thaoghain dhiu màri.

<eng>I entreat you, &c.<gai>

10. O! 's mis tha fui' mhulad,  
'S mi gun fhuran gun mhàran;  
'O na ghabh mi mo chead diot,  
Mu 'easgar an là sin;  
'Si mo bharail sa chùis ud,  
Mur dùraig ù gràdh dhomh,  
Mu 'n tig toiseach a Chètein,  
Gur h è 'n t èug leis an tàr mi.

Oran Sugraih. Air fonn,  
<eng>Miss CARMICHAEL's MINUET. Quick.<gai>

SOruidh leat is beannachd agad,  
Oigh na 'n cas-chiamh dlùtha',  
Mar bhiodh na bheil a' steach,  
Gu 'n rachain leat le dùrachd,  
A dh' 'ios an teach an raibh ù 'n raoir.  
Feadh 's a dh' 'anas tu mu m' choinnibh,  
Bidh mo chairdeas dhuit gu soilleir;  
So mo lamh an dèis mo gheallaidh,  
'S bidh mo chomun riut gun fhoill.  
Feadh 's a dh' 'annas tu mu m' choinnibh,  
Bidh mo chairdeas dhuit gu soillier;  
So mo lamh an deis mo gheallaidh,  
'S bidh mo chomun ruit gun fhaill.

[TD 21]

2. 'N inghean donn nan gorm-shuil meallach,  
'Si mo bharail fein ort,  
Nach 'eil bonn agad don' choirre;  
Mur ceillim an fhìrin.  
'S tu mo raoghain-se do n' chloin,  
Cha leigin seachad mo thagradh,  
Dhain-deoin air na bhiodh ga d'bhagradh;  
Dhean'ain fàsacha' do d' leabaidh,  
'S dh' fhalbhain leat air feadh na h oidhch.  
Cha leigin seachad mo thagradh,  
Dhain-deoin air na bhiodh ga d'bhagradh;  
Dhean'ain fàsacha' do d' leabaidh,  
'S dh' fhalbhain leat air feadh na h oidhch.

3. 'S mòr mo chiàta' fein do d' phearsa,  
'S è thlachd a liä' mi,  
'S mur 'eil pàidhe ann sud agam,

B' fhearr nach faicinn riamh ù.  
'S mi co tric air ti do gheall.  
Dean thusa fòid' din chuillean,  
'S gu 'm bi do ghaol ann am fhullang,  
'S tu mo raoghain thar gach duine,  
'S cha bhi t' urrain ann an call.  
Dean thusa foighdin a chuillean,  
'S gu 'm bi do ghaol ann am fhullang;  
'S tu mo raoghain thar gach duine,  
'S cha bhi t urrain ann an call.

4. Ach sorruidh leat ma thrial ù;  
'S gu ma slàn a thig ù rist,  
Air an t slighe chiadna;  
Gearr na fad ga 'm fan ù uain;

[TD 22]

Ach mar fuirich ù gu maddain,  
Thug ù eatromachd do m' aigne,  
Sorruidh leat, is beannachd agad  
'O nach 'eil ù fad am foill.  
Ach mar fuirich ù gu maddain,  
Thug ù eatromachd do m' aigne,  
'Sorruidh leat is beannachd agad,  
'O nach' eil ù fad am foill.

5. Sorruidh leat is beannachd agad,  
Dh' fhàg ù m' aigne eatrom;  
Gur a bliadhna leam gach seachd'-ain,  
Gus am faic mi t èudan.  
O! gur bliadhna leam gach oidhch;  
Ciod a chuirreadh tu gu faddal,  
Ge d, bhiodh tu seachdain gun m' fhaicin?  
Sorruidh leat, is theirig dha-thigh,  
Dh' fhios an teach an raibh ù 'n raoir.  
Ciod a chuirreadh tu gu faddal,  
Ge d, bhiodh tu seachdain gun m' fhaicin?  
Sorruidh leat, is theirig dha-thigh,  
Dh' fhios an teach ann raibh ù 'n raoir.

IORRAM air America.

An Luinneag.

O theid sinn do dh' America,  
Mu 'n teirig air ar storas;  
'O 'n dhaoraich iad am searran oirn,  
'S nach urrain neach bhi beo ann.

THA 'n tombac co daor  
Agus nach feudar bhi ga fheoraich;  
Nach mòr a thig am punnd dh'e,  
'Nuair chostas unsa grot dhuinn.

[TD 23]

O theid sinn, &c.

2. Nan teirgeadh air a chogadh so,  
'S gu 'n coineadh rìgh Deorsa,  
Chidheadh fibh na fichidin,  
A' dal le misnich mhoir ann.

O theid sinn. &c.

3. Tha 'n t eillean fad a chean agnn,  
'S New York, am baille mòr sin,  
'S chuaidh 'n teicheadh air na Reubaltaich,  
'S na cèudan air an leònadh.

O theid sinn, &c.

4. Chuir Mòr-fhear Howe 'n re trèit orra,  
'S Burgoyne a' teachd na còdhail,  
'S ma tharlas iad le cheil orra,  
Cha 'n urrain cèud bhi beo dhiu'.

O theid sinn, &c.

5. Chi sibh ann an ath-ghaoraid,  
Gu 'n raibh bhur barail gòrach,  
Gu 'n coisneadh sibh air Breatan  
Ge bu mhòr bhur neart, 's ùr stòras.

O theid sinn, &c.

6. Cha chuala mi bhi seannachas  
Ann an eachdaireachd na 'n Stòrai,  
Gu 'n tug an namhad riamh orra,  
Gu 'n d' striochd iad re uchd Comhraig.

O theid sinn, &c.

7. Nach fad 'o 'n tha na Gaedheil,  
Aig, àitèach na Roin-Eorpa;  
'Nuair choisin iad le 'n Claidheamh,  
Bha Nuaidheachdan gu leor ann.

O theid sinn, &c.

8. 'S iomma Co'lan farrumach,

[TD 24]

Bha barraichte ann san lo' sin;  
Bha aca sud re chiosnachadh,  
Mu 'n d' fhuairiad riamh bonn coir onn.

O theid sinn, &c.

9. 'Sè GATHELUS dana  
Chuaidh 'n Spaint a ghabhail comhnuidh,  
Is thog è brùthach àiri' ann  
Mar bhaille tamh ga sheorta.



O theid siun, &c.

10. As sin chuaidh mhac do dh' Erin,  
'S na cèudan dh' fhearabh mòra,  
Is dhearbh iad a bhi trèubhach ann,  
Mu 'n gheil iad dhoibh gach seorsa.

O theid sinn, &c.

11. A ris chuaidh è dh' Alabain,  
Is thug è Aramailt mhòr leis,  
'S bha iommad la cruaidh aca,  
Mu 'n d' fhuadaich è o 'n còir iad.

O theid sinn, &c.

12. Ach tha Goill aig eibheach,  
Gu 'n fèum sinn dol air fògradh;  
'S gur h iad na Caoirich cheann-riathach,  
A thiondas as air coir sinn.

O theid sinn, &c.

13. Mar tig an reachd as ùr oirn,  
Tha mise an dùil 'san dochas,  
Nach cluinnier focal Gaelic,  
Sa' bhaille 's airde a' m' eolas.

O theid sinn, &c.

14. Chuaidh màl a chur tri-filte,  
'S cha n' islich iad le 'n deoin è';  
'S am fear is faidde saoghal,

[TD 25]

Bidh fearran saor gu leor dha.

O theid sinn, &c.

15. Tha daoine bochd aig èigheach  
'S an dochair fein ga 'n leòna',  
Ceart mar bha na h Eabharaich,  
Sann Eipheid mu 'n do sheal iad.

O theid sinn, &c.

16. Tha h uile neach chuaidh null,  
A' toirt cunntas maith na 's leor air,  
O 'n gheabh iad fearran saor ann,  
Cha 'n fhan ach daoine Gòrach.

Oran air Fear Cille-mhoirre.

DHalbh mi 'n de gu sundach sundach,  
Ghabhail cunntais Cille-mhoireadh;  
Cha raibh cuimhn' agam air bàs  
An fhir gun sgà a Chite soillear;

'N tra rannuig mi do làrach,  
'S an t'ait an Deannamaid Coinnibh,  
Cha deachaidh mi' Steach a'd, Sheomar,  
Cha leig m' fheoil dhamh dol na Shealladh,

2. Chuala mi gur bròn bu Sheòl Doibh,  
Ghabh mi dòchas rinn mi Pilleadh;  
Thug mi sgrìob do thigh an òsda,  
Gabhail Oran do na gillibh;  
Ged, nach 'eil mi pailt do stòras,  
'Scriodhal dh' o'luin cupal Ghinne;  
Na 'mfaicsin beò thu fhir gun sòradh,  
Seach an Bron à bh'air do Chinneadh;

3. Fear mo'r Rioghail, 's è don fhior Fhuil,  
'S mòr d'ar di è nàm na togbhair;  
Am feachd do Dhùcha' dh'aithnaite air thùsu,

[TD 26]

Bhuinncaidh Cliu aig meod do Shloinneadh;  
Smaith thig Cota, s' Dag air Oradh;  
Breacan Boidheach an Cuaich Coinneal;  
Cha do chuir è ùidh am Bòtaibh,  
Fear garbh Comhrad, is è gun Choirre.

4. 'S mòr 'n iontruin sinn do d' Dùthaich,  
Am fear Cliutach a dhàs maiseach;  
Dhearbh thu chuis ud, cha bu Chùbair  
Bheireadh Cius dhiot re àm Glacuibh;  
Bhà thu siobhalta mar mhaighdinn,  
'S 'Bha thu d' Shaighdear re uchd Gaisge;  
'S cha bn Chearbach fo d' Chuid aerm thu,  
'N am bhè scanchas ri luchd Chasag.

5. Ach mo Thruaidh ì do mh-athair,  
Guidh 'm Bàs a thighin ga fireadh;  
Chail ì a' Sugradh, 's a ceòl gaire,  
Gu la bhràch cha dean ù pilleadh,  
Beart a chràidh ì laogh h' araich,  
Bhi ga charamh fo na Gillea-bh,  
Ann Chis'te dhionach fo bhrat Sìoda;  
Bèul na firinn 's è gun ghiorag.

6. 'Nis on thanig feachd na truaigh,  
'S bochd a Bhuaidh a bh' air do Chinneadh;  
'S tric an sgrìob so le Bèul Uaigha;  
Dhalbh ar 'n uaisle, 's tha iad Diom-buan;  
Ceannard Tuagh, is Dhaoine Truagh,  
Co maith 's tha an taobh tuadth do linneadh;  
An ti thug uain u; cha chuis chruaidh air,  
Oighre Buan a chuir a' t innad.

7. Mar biodh è Cairdeal Tochdmor Bàitheal,  
Heirreadh Càch gun raibh sud coirreach,  
'N deigh nan Uaislean as an do Bhuaint ù,

[TD 27]

'San bu dual duit a bhiodh Soillear;  
'S mo is luath liom, dholluich Uaigh;  
An tì bha suairc re daoine eile;  
Do Cheile beò, na Ban-treabhach òig  
Sì cuir Seòl air do Chuid Cloinne.

8. B' fhiach dh'ì fein sinn, b'ùr a Ceili,  
Ceanna ceil ann 'san rabh 'n Gliocas,  
Guala threin re àm an fhèim ù,  
'S Cruaidh an teug thug uain an' nòis thù  
Dhalbh am Bàta leat air sàile,  
'S gu la Bhràth cha dean thù Pilleadh;  
Dhul air tìr an leitear huinai,  
Ann raibh do Dhùchas, 's b'urr-na Fleasgatch,

9. Na fir mhòar nach raibh sgàthach,  
Cuid dh'en àbhaist 'n àm an fheasgair;  
Gillean laimh-riu adhbhair Ghair,  
Treis air taileasg ga chuir seachad,  
Fion ga leigeadh ann am Piosabh,  
Aig Buidhean na Pìop, 's na Bratach,  
An fhiull uasal, Rioghal, Uabhrach;  
Gam bu dual a bhi san Appainn.

10. An saoghal Brèugach cha n'eil fèum ann,  
'S mairg nach lèugha è le gliocas;  
Mur bi sleidh aguin le Cèil ann,  
Leigear lèug † ann 's na toir mios air,  
Na cuir Doibh § ann ni na fèudail,  
'S do Choguis fein na biodh ga d' ithche  
'S Biodh t inntin rè, ò Cheum gu Cèum,  
'S gu 'n dean u fèum mar trèug-u nios è.

<eng>† Not to trust.  
§ Forget.<gai>

[TD 28]

Irram, air Saor nan Locar.

An Luinneag.

Ho ro gun tug me Gaol duit  
I Ho, ro, gur mor mo Thaobh ruit  
Ho ro gun tug mi Gaol,  
Is cha bheag e, do shaor nan Locar.

MOch sa' Mhaduin 'n uair Dhuisg mi,  
Thanig lionn-Dubh air mo Shuillinn,  
Nuair nach d' fhuair mi air mo Chùl-thaobh;  
Thug-as duil do shaor nan Locair.

Ho, ro, &c.

2. Liom a b' aite bhi air do Chùl-thaobh,  
'Nuair reachadh tu a leabadh Dhuinte,  
Is mi gu codal fad na Uinne,

'S luidheadh dlù re saor nan Locair.

Ho ro, &c.

3. G'ed bhiodh tu gun earras, gun fhèideal,  
Ach gilb agus Locair Eatrom,  
Dhalbhin leat gu Cùl na grèinne,  
Chionn bhiodh rè ri saor nan Locar.

Ho ro, &c.

4. Chum-mo Chairdin sinn ocheile,  
Gu mo thoirt do fhear aig an raibh fèud ail,  
'S cha 'n fheil Beo ga'n dean mi gèile,  
O na thrèig mi saor nan Locar.

Ho ro, &c.

5. Tha mo Chairdin riom faoi Ghruaimain,  
Chionn mo ghaol a bhi cho Buan duit;  
Gus an Cuirrear an sann Uaigh mi  
Biodh mo luaidh air saor nan Locar,

Ho ro, &c.

6. Ach ma sè 's gun cuir thu Cùl rium,

[TD 29]

'S gun dean u Bean eile Phùsadh,  
Cuirir ìosal annsa' 'n ùir mi,  
Ann Ciste Dhlù ni saor nan Locar.

Ho ro, &c.

ORAN a rinneadh do Sgip Bàta, air 'n do mhaoidheadh Priasan, chionn cluas a thoirt de' chat.

An Luinneag.

Dh'albh an Ceannuich air an 't soitheach,  
Dh'albh an Ceannuich air an 't soitheach,  
Dh'albh an Ceannuich as an tir,  
Is bi mi fhein a' folbh na dheighidh.

'SAN a thànig sgèul-an fhuathais,  
'Nuair chaidh 'n cat a chuir gu Smuaireann,  
Slan don laimh thug a chluas deth,  
Chuir è bhean 's an uair gu gleothar.

Dh'albh an Ceannuich air an 't soitheach, &c.

2. 'N sin nuair thùirt 'n catan Gruamach,  
Dhaoine 's olca thug sibh chluas dhìom,  
'Siomadh luch a rinn mi ruagadh,  
Sios, is suas, ma cheann an aodhairt.

Dh'albh an Ceannuich air an 't soitheach, &c.

3. Thu'irt a bhean is i ga shliopadh,  
'S duilich lùim do chluas bhi dhìth ort,  
Cha n'eil mult atha sa'n tìr so,  
Ghabhain fhein a nochd a taghaidh.

Dh'albh an Ceannuich air an 't soitheach, &c.

4. Bu tu Buachaile mo Chàishe,  
A'n uair a rachamaid do'n àiridh, \*

<eng>\* A Shealing.<gai>

[TD 30]

Ge do chuirrin air an spàr è,  
Cha tig tabhachd ri gu foghar.

Dh'albh an Ceannuich air an 't soitheach, &c.

5. Bha ù uair a bha ù ùiseil,  
'S iòmadh luch a rinn thu Chuibhreach,  
Is bho'n tha dùil aca nach cluinn ù,  
Cha bhi suim dhiot air ann deighigh,

Dh'albh an Ceannuich air an 't soitheach, &c.

6. 'S mòr à milleadh air do Chlài'sdeachd,  
Bho'n chai Chluas a chuir bho stà ort,  
'S' iomadh luch a bhios a'g ràite  
'S an a bhfèar thu bhi gun fhradharc.

Dh'albh an Ceannuich air an 't soitheach, &c.

7. 'Nà m' biodh cint agam an dràsda,  
Cò ghabh corrùm gun chionfàth ort,  
Chòstuin cupal chlachùn caishe,  
Toghail pàidhe le luchd lagha.

Dh'albh an Ceannuich air an 't soitheach, &c.

8. 'S maith thig ròibain air gach taobh dhiot  
Tha do shuilin mar an Daòimein,  
Ni iad solus ansa nòidhche,  
'S bheir iad boilsgeadh mar a choinnil.

Dh'albh an Ceannuich air an 't soitheach, &c.

9. 'S ann agad tha na feacla geùradh,  
Sgaiteach glan a ni iad teumadh,  
Cosan beaga s' cruinne leumas,  
'Nuair a dheireadh tuchum draghadh,

Dh'albh an Ceannuich air an 't soitheach, &c.

10. 'S ann ort fhein tha 'n tiorball sguabach,  
'S or mhaith lùbas è mu'n cuart duit,  
'S dar thig àm dhuit dol san n' tuàsaid,

Biodh è 'n cuaichean air do dheighigh.

[TD 31]

Dh'albh an ceannuich air an 'tsoitheach, &c.

11. Chuaidh tu shealg 's cha ban gu sùarach.  
Ghlac thu n'dreathan-donn am Bruachaig,  
'B fhear gu fannadh tu ma'ncuart dha,  
Chail thu chluàs re tighin am fradharc,

Dh'albh an ceannuch air an 'tsoitheach, &c

12. Cha be'm fortan a chuir suas thu  
Shuidhe 'n conaltradh dhaoine uaisle.  
'B fhear dhuit crùban ansa luathre,  
Thuit do Chluàs le Eoin Macoinnich.

Dh'albh an ceannuich air an 'tsoitheach, &c.

13. Sinn 'n uair th' uirt a bhean le ardan,  
Thèid mi sios don Fhasadh-fhearnadh,  
'S ò na fhuaradh ansa 'n fhaud sibh,  
Theid an gaird a chuir n'ar deigheigh

Dh'albh an ceannuich air an 'tsoitheach, &c.

14 Th' uirt an sgiopair Ban gu Cìännail,  
Th' ar lium fhein nach beag a miòth achd,  
Ceathrar dhaoine chuir am prìosan  
Air son caitean Crìon na 'n soitheach,

Dh'albh an ceannuich air an 'tsoitheach, &c.

15. Th' uirt an Tuairneir, na biodh Gruaim ort  
Ma 'n teid sinn dheannamh tuasaid,  
Bheir mi fhèin duit Caitean gruàmach,  
Ga'mbi Cluasan agus Fradharc.

Dh'albh an ceannuich air an 'tsoitheach, &c.

Oran do fleasgach, ris an abairte, an Gilleadh Ruadh.

An Lunneag.

'S e sud an gilleadh suigeartach,  
'S e sud an gilleadh gaolach,

[TD 32]

'S e sud an gilleadh suigeartach,  
S e 'n gilleadh Ruadh mo laochan.

'S Maith thig còta sassannach,  
'Don chuid is daite an aodach,  
Ga d' bhi è ginnidh h'uille slat,  
Cha bhi thu ceart as èàgmhais.

'S e sud an gilleadh, &c.

2. 'S màith thig Eileadh Bhreacain daite  
Paisgt' an a Crios taobh ort,  
'S cha mhios thig Briggis dhuit air achd,  
D chumail smachd air taolman.

'S e sud an gilleadh, &c.

3. Ge d' th'uir' t iad riut gu n'raibh thu brais,  
'S nach cuir thu smachd air Taolmann,  
Gur 't earc aite ann-dean thu stad,  
Nach faicar Bean an gaol ort.

'S e sud, &c.

4. Cha n'eil cron ri airrish ort,  
Ge d' thug mi barrachd gaoil dhuit;  
Mar eireadh feahthadh chabhaig ort,  
'Nuair shinneadh cailleinn taobh rùit.

'S e sud, &c.

5. 'N uair theid thu ris-na mullaichin,  
'S maith thig Gunna Caol ort,  
Cha mheas air feadh na'n Calleag thu,  
'N an 'tachradh iad s' an fhraoch ort,

'S e sud, &c.

6. 'S iomadh Nionnag arrumach,  
Bhios a farraid 't èugmhais,  
'S an Oidhche, bait leat bhi na'n taic,  
A cummail ceart an aodaich.

'S e sud, &c.

[TD 33]

7. Ge d' th'uir' t iad riut gu'n rabh thu fann,  
O'n thainig ceann na'm Faoilteach;  
'Na n' tigeadh àm bhi dol don ghleann,  
Cha bhi do Chlann gun fhaoitean.

'S e sud, &c.

8. Cha chuir an cleireach do-char ort,  
'S cha troid è ruit gun aobhar,  
'S cha toir a ministear thu steach,  
Ge d' bhidheadh seachd ri ghlaoich rùit.

'S e sud, &c.

9. 'Nuair chruinnicheas do leannanan,  
Cha b'ainnibh iad'ri' aitiunn,  
Na ghuilaineas do'n Chlachan thu  
Mas iad 's faide saoghal.

'S e sud, &c.

Iorram Sugraidh, Air fonn,  
Bidhibh Sundach, &c. air an fhoddar.

Bha iad Sundach, Sundach, Sundach,  
Criodhal Sundach air an fhoddar.

MAire og bha aig a mhuilleir,  
Is Eoin ban a fiuran soisneach,  
Luidh iad an raoir air an Urlar,  
'S bha iad Sundach air an fhoddar.

Bha iad Sundach, &c.

2. Th' uirt an Fìoghadar s' è g' eridh,  
Bheir mi fhein dhuibh nì gun obadh,  
Dusan gabhar theid a Chundadh,  
'S bidhibh Sundach air an fhoddar.

Bidhuibh Sundach, &c.

3. Co fad sa mhaireas Beart is slintin,  
Ni mi strì ri r Cumail socrach,

[TD 34]

Dhaennuin Cosnadh leis na spalaibh,  
Chumadh sasda sibh air Foddar.

Bidhuibh Sundach, &c.

4. 'N sin 'nuair th' uirt marairead n ighin domhnuil,  
'S olc an' comh nadh sin g' an togail,  
Bheir mi fhein duibh mart is bunndadh,  
'S biodhibh sundach air an fhoddar.

Bidhuibh Sundach, &c.

5. Th' uirt Aonghis Mac Eoin gu Ciannial,  
Bheir mi fhein dhuit Nionag shoisneach,  
Ceithir mairt cho maith s' a 's duthuigh,  
Is deannuibh pusadh air an' fhoddar,

Bidhuibh Sundach, &c.

6. Labhair Ceannuiche na maileit,  
Bheir mo mhathair nì gun obadh,  
'S n' uair thig mise as na bhuitheadh,  
Bheir me gùn dì chionn a thègail,

Bidhuibh Sundach, &c.

7. Labhair Domhnal an ard-bheirgin,  
Dheannuin seirbhios dhuibh n' uair thograin,  
Bheir mi gobhar dhuibh is minseach,  
'S deannuibh sìnnèadh air an fhoddar,



Bidhuibh Sundach, &c.

8. Labhair Donacha brathair a' Mathar,  
'S ni rò nar dhuin bhi re doichill,  
Bheir mi mart, is fichid pund dhuibh,  
'S bidhuibh Sundach air an Fhodhar.

Bidhuibh Sundach, &c.

9. Labhair Domhnall Glas ann Innse.  
Air mo ni cho d'teid aon Obadh,  
Bheir mi Gearrann a ni Nuir dhuibh

[TD 35]

'Sdeannuibh Pusadh air an fhodhar.

Bidhuibh Sunndach, &c.

10. 'Nuair a theid sibh làighe am plangaid,  
Biodh gach aon neach an re sodan,  
'S biodh gach neach a'g oll air Slàinte,  
'S bidhuibh Greannar air an Fhodhar.

Bidhuibh Sundach, &c.

11. 'S iomadh Fleasgach an sa'n duthaich.  
Dhàs gu soimhe sùgrach soisneach,  
Na m' bith nionag air a Chùl-thaobh.  
Luighe dlù ris air an Foddar,

Bidhuibh Sundach, &c.

Oran air Bodach Fìoghdair, a phos seann te, bha siubbal nan crìoch re da fhichiod Bliodhna.

'N Cualadh sibhse n'sgèul daicheil,  
Thain' an dràs d oirn as Ur;  
Ma Dheibhinn na Càrraid,  
Chuaidh 'n bannubh Laidir le Cliu?  
'S fear ghreasadh na 'm spàll thu,  
'S cha raibh Failn ort sa Chuis:  
Fhuar thu Ceile gu't àileas.  
An deighe do Gradh chuir 's an Uir.

2 'S iomadh neach th' air a' Mhealladh,  
Leis a Char thug thu 'n drast,  
'S gach aon a bhi 'm Barrail,  
Gu'n deach thu bailleach 'o stà.  
Ach ma dh'oighreicheas seonaid.  
'S è sud Comhdach is fearr,  
Bidhidh iad duillich gu dearbh lium,  
Nach 'd tug iad tairgse dhuit trà.

3. 'S maith a thagh thu do Cheili,

[TD 36]

Bean Bhèusach ghlan ùr,  
Gun Chron folluich fa'n ghrèin,  
Nach deannadh bèud air do Chùll,  
Th'uille te a thug spèis duit,  
Grad thrèigadh iad thu,  
Faguidh sinn iad fui Eislein  
Agus deùr air an suil.

4. Cha dean mi dad mol' ort,  
Thaobh soddal, na sgleo,  
Tha u 'd bhreabadair laidir,  
A ghreasas spall air a chlò,  
Cha'n 'eil Cron ort thaobh coltais,  
Ach ad Roiceannach còir,  
Pair't a dh'ailtibh na Brice,  
Gle thrice ort mu'n T'shroin.

5. 'S mairg a ghabhadh droch Bharraill,  
Ge d' raibh iad tamull gun Phos,  
Mar dean iad beart Chearbach  
Nach faigh iad tairgse ni 'sleor,  
An te bha deich is trì fichid  
Gun ghin theachd na Còir,  
Fhuair fear air a leabuidh,  
Co deas re mnaoi òig.

6. Tha sean-fhocal ag inseadh,  
'S tha sinn cin 't as gu lèir,  
Gur fear piseach an-moch,  
Na bhidh gun earbasa fo'n Ghrèin.  
An tè thug builleach a dùill diubh,  
'Si ag Cùradh gu gèur,  
Tha i n'oishe gu sùgach,  
'Si air mugha a Glèus.

7. 'S beag an'tionnadh daoine òg,

[TD 37]

A bhi posadh a 's tìr,  
'S iad am barrail 's an dochas,  
Gu fuigh iad Sòlas gun d'i,  
Faicsin Chupalan Gliceadh,  
Tha trí fiochad 'sa trì,  
Dol am bannaibh gun seachnadh.  
'S iad a Cleasachd 's 'a strì.

8. 'S mòr shiubhail thu an Chruine,  
Ma'n Drinn thu 'n Cruinneachadh Còir,  
Eider Peairt is Dun-eidin,  
Aig cuir ri chèile an stòir;  
'S maith duit Iain s'an Oidche,  
Gè d' fhuidh è roinn ann san or;  
A'fad sa mhair a chèud Cheiledh,  
Bha è trèabhach na 's leòr.

9. 'S mòr an sòlas do d'bhràthraibh,  
S' do d' Chardibh gu leir,

Ge d' tha naois a tighin trà ort,  
Nach d' fhàlluin do Ghlèus,  
Nam fuigheadh tu sàstachd,  
Mar a bail leat ga d' rèir,  
S' tearc fleasgach a 's duthuich,  
S' fearr lugh 'na bhuill-fheum.

Oran an Tail-fhear.

An Lunneag.

Thug mi 'n oidhche raoir san Airudh,  
Thug mi 'n oidhche raoir son Airidh,  
Thug mi 'n oidhche raoir gu Cainnail,  
Ma' ri nionagibh na hairibh.

'NUair a rannig sinn ma Oidhche,  
'S an a dhaoineachd sin gu nàrach,

[TD 38]

Feuch a n' Gleadh sibh air ar Caoinea's,  
Leud ar taobh dhuin, gus a' maireach:

Thug mi, &c.

2. 'S iongandach liùm gillin ògà,  
Ciod a Sheòladh iad don airidh;  
'S an bu Choltuicheadh gar seòrsa,  
Bhi san Ròd \* an cois na tràighe?

Thug mi, &c.

3. S an tha sinne air ar turras,  
Ge d' dhurich fin san airidh  
Cha 'n'eil gin an d'or luchd Eolais  
Gus a' feoraicheadh Sinn Màri.

Thug mi, &c.

4. 'N sin thuirt 'nighin Donach mhic-dhughail  
Chuir mi cùl re luchd na traighc,  
'S mòr gu' b'ansadh Sàndi Stuart;  
Tha mo d'hùil ann 'o fheil Padric,

Thug me, &.

5. Cha 'n'eil dùinne 'n so bheir sùil ort,  
Ge' do phùsadh tu è maireach;  
'O nach fuillig thu do luadh,  
Re Callum Ruagh, an leadan chràcaich.

Thug mi, &c.

6. Ach cha ghabh mi è re phòsadh,  
Tha mi eòlach air a nadur,  
'S ann a b'ansadh leis bhi rùraich,  
An sa Chùlaist aig a mhathar.

Thug mi, &c.

7. Cha raibh mise los do phòsadh,  
Gùs a feoraichin è d'mhàthair,  
'S bheir ì dhùin an dusan Coarach,

<eng>\* Sea Wreck.<gai>

[TD 39]

'Sa bho mhaol bha an san fhàsach.

Thug mi, &c.

8 Th'uirte an tailfheir is è g' eirridh,  
Theid mi fhèin a Shealltuin mari,  
Ge d' nach 'eil mi pailt a d' fhèudal  
Dheannain fèum dhuit le m'chuid snadàthad,

Dhug mi, &c.

9. 'S comma leum fear eatrom gòrach,  
Solc a Shèol gu m' chumail sàsda  
Ge do dheannadh è dhamh èudach.  
Bi Chrogh-loigh gun tighin gu airidh.

Thug mi, &c.

10 Ge d' nach'eil mo Chrogh san Innis,  
Malluin fhein nach leigin failn' ort,  
'Nuair a rigas sinn an claddach,  
Gheibh finn Scaddain is Buntàta.

Thug me, &c.

11 Ri! gùr comma liun do bhòilich.  
A' cur bòsd as a Bhuntàta,  
Ge, do rigas sinn an Claddach,  
Theag' gur fad leinn ma'n fa's è.

Thug mi, &c.

12. 'Nuair thoisich iad re Strithe,  
Chuir iad m'ichion air an Taislheir;  
Thuit a mèaran is an siosar,  
'S chaill è miosar a chuid Snathad,

Thug mi, &c.

13. 'S beug an 't ionnadh dhuit bhi dèurach,  
Ma na dheirich dhuit san airidh,  
Thuit do Bhonaid air na eilibh,  
Nuair a dhèrich thu gu mari.

Thug mi, &c.

[TD 40]

14. 'Nuair a dhaltruich air dad feùmadh,  
'S an a dheirich è gu 'mfagoil;  
Bhual an giadh \* è an s' na Cosaibh,  
'S thuit è tarsuing air a Mhagaibh.

Thug mi, &c.

15. Struadh nach du'irrich mi 'Stigh o'sda  
Gus an Oluinn an lair bhlar ann,  
Mu'n riabh h'uile fear glaoidh'ch,  
Loisg thu t'aodach an sa'n airidh,

Thug mi n'odhche raoir sa'n Airidh,  
Thug mi n'oidche raoir sa'n Airidh.  
Thug mi n'oidhche raoir gu cianail,  
Ma' re nionagabh nah airibh.

Oran Dhomhnuil Mhic-Ruari.

'MB'fhaic sibh Domh'uile Mac Ruairi,  
'S gur suairce a bhèus,  
A' cur iteachan gu luaineach,  
Air Cluain eàdach rèidh.  
B'fhear do ghnòthich ris na lòthan  
Gan' toirt a' beinn,  
Na Slìndrich ris na Spalluibh  
'S tu'g aireamh na'n cèud.

2. 'Nuair chuaidh tu fein, san tailfheir,  
Air marsal gu fèil,  
Gun rabh na heich ga'r fagail,  
'S gach aite don Bheinn,  
Chuir sibh roimhuibh a bhi somhuidh,  
'S 'ur, gnothuch a bhi reidh,  
'S gu 'n drinn sud dhuibhs buannachd,  
Nuair fhùarradh an spreidh.

<eng>\* A Taylor's Iron.<gai>

[TD 41]

3. Sgòrach lium a Dhòmhnuille,  
Do sheòl ann an gleus,  
'Nuair bha do Bheart ga seoladh,  
'S nach cord ì riut fein;  
Mhill ì chean thu, air bhi fallain,  
'S cha neil tannil rèidh,  
'S gun phill ì uait gach gruagach,  
'S bidh Gruaim air gach tè.

4. 'Na'n gabhadh tu mo s'heòlladh,  
'S tu gòrach a'd' chèil,  
Cha bhiodh tu ceangal ròpan,  
Ad chròcan gun fheum,  
B' fhear dhuit grathann bhi re aidheir,

Air Faidhear, 's air feil,  
'S do Bhean a bhidh air Airidh,  
'Sì maran riut fein.

5. 'S maith a dh'fhiogh thu 'n clo Dhomh  
'S tha se'ol air a ghreidh;  
Gun raibh mnain og ann,  
Is Caillin bhoidheach threùn,  
'S maith an airridh sibh ar Ceangal,  
'S ar bainis a bhi rèidh;  
'Sgu fiaighinn fein gùn ailuin,  
A Charabh gach Breid.

6. Gu raibh mor nian Domhnuill,  
Is anna chòir na n' Glèus,  
Da Chaitriann a comhladh,  
'S cha sòradh iad fèum;  
Bu dluithidh an casan air a Ghalcadh,  
Na trup Each na 'n'leùm,  
'S gu ma slan don Oigridh,  
Chuaidh Comhladh na'n Gleüs.

[TD 42]

7. 'S maith a luagh sihh n'clo dhomh,  
Gu loinneach tiugh rèidh,  
Ge d' shuibhlain fhein an Ollaind,  
'S na b'eol dhomh na dheigh,  
Cha n'fhaighin b'arrachd oirbh, air eallachd,  
Th'oirt farram air Clè,  
'S cha n'fhaca mi thug bar,  
Air na bha 'n sùd, gu feim.

8. Na'm biodh gach fear tha s' duthaich,  
Gu m' dhurachd dhuibh fhein,  
Gu fuigheadh sibhse triuir dhiubh,  
'S gu 'n Cuntain leibh sprèidh,  
Tha sibh Cannach, boidheach, bannail,  
Gun mhearachd gun bhèud,  
Gur tric a pòsadh pàisdean,  
'S gu' m' b' arraid sibh fèin.

9. Na'n tarlain 's tigh òsda,  
'S mo Chòir gu bhiodh ann,  
Na tarlamaid ann Comhladh,  
Gu n' ola maid Dram.  
Gu'n èighin tuilleadh air 'ur furrann,  
'S 'ur turras gun chall;  
'S gu n' ol mi an deoch-slainge,  
Air failte na bh' ann,

10. N' saoil sibh fein nach Bòidheach  
An'oigridh bha ann,  
Meud sa luadh an clò dhomh,  
Bu cheòlar a chlann,  
'Nuair bha iad ullamh, rinn iad m'fhuran,  
Gu fuireach na 'n Caint,  
'S gu fuighean fein a' maireach,  
Liunn laider nach gann.

[TD 43]

Oran, a rinneadh do Nianagaibh oga, a smuaintich gu'n d' thainig an t aog a dhionsuidh an leapa.

BHa n' tèug aig ar leabuidh an raoir,  
Chuir è eagal, is oilt air m'aigheadh;  
Gu'n leig è gach furm, is gach Stòl,  
Is Tharuing è Mòr air Chosaibh;  
Th'uiirt Fionghal le briathar ro mhòr,  
Cha'n fhuigh ù lem'dheon a phlaide,  
'S bi aithreachas orm gu Diardaoin,  
Nach do lean mi an saor ni s faide.

2. Ghabh eagal, is tuirse a Chlann,  
'S an àm bu chòir dhoibh Caddal;  
Bha n' criodhachan uille cho fann,  
'Nuair chual iad an tsrann a bh' aige;  
Th'uiirt Seonaid 's ì luigh a'nunn,  
'Sì sparradh a Ceann fo 'n phlaide;  
Tha 'n tolc aig àr cosaibh a Chlànn,  
'S rug mise am laimh air bhad air,

3. Th'uiirt Màiri 's i labhairt gu fòil,  
Cha n'fhan mi n'ur Còir ni 's faide,  
Gun' t'eid mi don cheann ud Shuas,  
'S gu'n' tarruing mi Uaibh mo phlaide,  
Th'uiirt Mairiread 's ì labhart gu Mall,  
A ghraidh nach fuirich thu aguinn;  
An teagal gu 'm bi sinn s'an tòim,  
Nuair gheibh e sinn tròm n'ar Coddal,

4. Th'uiirt Seonaid nic Eanraic gu faoin,  
'S an agam's tha aobhar an eagail,  
A lamh a bhi tarsuing mo chluas,  
A los mo th'oirt uaibh le gradachd,

[TD 44]

Folt bachlagach liadh air a chull,  
Sa shùil a' sgionnadh 'na Chlaigin,  
Bha aghaidh cho duth ris a Ghual,  
'S chossan co Chruaidh re maiddean.

5. Bha lamhan gurudanach cruaidh,  
'Nuair chuaidh iad mu 'n c'uaiirt da'm leasradh,  
Bha Anail gu halmaradh fuar,  
'Nuair chuaidh è ma'n cuairt dam'leith-cheann,  
Druim Chrottach, brù charitedh 's olc snuaidh,  
'Nuair thanig è sù's re m' lea-taobh;  
Bha Fhèusag mar fhionnadh an roin,  
'Nuair thanig è choir ar leapach,

6. 'S ma thig se a ris na'r dail,  
Deana' sibse gu faile farast,  
Na togaibh ur lamhan ga chòir,  
Gus a fuigh sibh gur sgoid na'r taicè,

'N sinn sasuibh na Chluasaibh's na ghruaig,  
Is thugaibh ì nuas o'n Chlaigin;  
S mar urrain sibh Cheangal le taod,  
Thugaibh ordù' don t'saor bhi aige.

ORAN do PHADRIC.

Robastan Forsair Dhiuc Athall.

An Lunneag.

'S cruinn donn Sgiobalta,  
'S g'ur grinn an firein Padric,  
'S cruinn donn Sgiobalta,  
Thig feileadh an Crios do Phadric.

'S Maith thig sud os cionn do dheise,  
Bonaid gorm na m ballan beaga,  
Riobban ur an deis a leagadh,

[TD 45]

Sios air leadan Phadric.

'S cruinn donn, &c.

2. 'S maith thig lèin an annart ùr ort,  
Cheart co chaol sa tha san duithich,  
Còta an Aodach thig on Bhutha,  
'S theid na Cruin ga phaigheagh.

'S cruinn donn, &c.

3. Calpa Crùinn is ro mhaith Cumadh,  
Giommanach air cùl a Ghunna,  
'Nuair a theid thu ris amhulach,  
Fuil air Damh na Craice;

'S gur cruinn donn, &c.

4. 'Nuair theid thu don tigh lionna,  
Cha n'eil do leithid ach ainnibh,  
Bu tu Companach an Drama,  
Ga Cheannach 's ga phaighe.

'S gur cruinn donn, &c.

5. 'Nuair a theid thu Chum na Faoireach,  
Cha n'eil teagamh nach biodh sgoin diot,  
'S iomadh Nighin òg, is Maidean,  
Bhios a faoineachd Phadric.

'S gur cruinn donn, &c.

6. 'S tearc Nighin a tha re fhaoiten,  
Ge'd'raibh aice Crobh, is Caorich;  
'Nuair sheallas ì na eùdain,  
'Nach biodh 'n gaol air Padric.



'S gur cruinn donn, &c.

7. Tha thu Theaghlach Thighearn Ruthain,  
Dha ma dual bhi annsa Ghuisaich,  
'S gad nach marthun air do Chùl è  
Seasuidh 'n Duic le Padric.

'S gur cruinn donn, &c.

[TD 46]

8. 'S guirridh mise dheannamh Orain,  
Cha do Chan mi focal Bostail,  
'S on' is gille Criodhal Còir thu,  
'S maith lium beo thu Padric.

'S gur cruinn donn, &c.

ORAN DHOMH'UIL DROVAIR.

Labhair Domh'ul Drovair,  
Tha Geoidh agam aig a bhaile,  
Is receidh mi mo chòir dhuibh,  
Gu Deònach ma'n teid me thairis;  
Ma gheibh mi airgid làimhe,  
Cha n' àil lium a thogal bailleach,  
'S gad theid fear 's an Stòp dhiubh,  
Cha dochaid nach bidh rud aguinn.

2. Thùirt Eòin Goù; Dhomhnuill,  
Leig dhamsa do lamh a Ghlacadh,  
'S companach Criodhal Coir thu,  
M'an Stop 'n uair bhios rud agad,  
Bheirin boid is briathar,  
Ma'n iosg thainig as an taruing,  
Gu fuigh thusa coir dh'e,  
'S cha bhosd dhuinn ge'd ol sin geallag.

3. Labhair Domhnul Drover,  
Sud seorsa bhios mise Ceannach,  
Cùrsain mhora Stapuil,  
Na Hàigich, 's na Cappuill shearruigh;  
Na gabhair, is na Caoirich;  
'S crobh laoigh 'n uair thìge an t'earrach,  
'S beg à buinig Dro dhuibh,  
Ge'd oluinn mo Chuid Da Dhrama,

4. Bi iomad Braddan tarra-gheal,

[TD 47]

Ga mharbhadh air eas a Bharrain,  
Ma bhios Cunradh mòr dhiubh,  
Cha sor mise cuid dhiubh Cheannach;  
Theid me Dhalna-Ceardach,  
A Shealtuinn air bean an 'taighe,

Gheibh mi Buidhinn bhoidheach,  
'S gur neonach mar fuigh sinn Drama.

5. Th'uir Eoin Gou; Dhomhnuill,  
'San Dhamsa dherich am Braimneas,  
Chuiadh mi thair Drium Uachdair,  
Air chuairt a cheannah an Drama,  
Chuidh Buideal thair a Bhruaich orm,  
S cha Bhuannachd a Chall a dhaindeon;  
Dhoirt è air gach taobh Dhamh,  
Ach taoman a dh'an sa Bhallan.

6. Their càch gu m'bheil sinn gòrach,  
'S gu'n ol sinn gach nì bhios aguin,  
'Na Bodachain bhronach,  
Tha n' Comhnuidh fuireach aig baile;  
Nach Olàdh sa Bhliadhna,  
Trion, na Cea'ramh a Ghallain,  
S bheir sinne fo'n fhòd linn,  
Co mòr ris an'fhear is pailte,

7. Th'uir Eoin Gou; Dhomhnuil,  
Cha bhòsd th'an 's na bheil thu Caintin,  
'S iomadh oidhch' a dh'òl mi,  
'O nòin gus an tigeadh a mhaidin  
Theug' gu deannain Bargan,  
'S gu b'fhearr domh è na, na Chaithin  
'S fearr an diu mar òr mi,  
Na cheud la dh'òl mi Drama.

8. Is mise Domhnuill Drovar,  
A tà 'm Bohespuig,

[TD 48]

Arson beagan òl;  
Bha mi riamh ga chleachda;  
Cha n'eil peidhinn re Phaidhe  
Ann siorrachd Pheairt Dè,  
'S fhad 'sa bhios mi beò,  
Fannuidh mi sa bheachd ud.

ORAN a' GHOTHAIN.

An Luinneag.

Tha mi trom an deigh mo thurrais,  
Tha mi trom, is me air tìr,  
Tha mi trom an deigh mo thurrais,  
'S cha n'i mhuir a' dh'ag mi sgi.

BEIR mo s'horruidh suas don Chearduich  
Don fhear-Cheard 's fearr tha 's tì'r,  
Dheanna obair nan daoine uaisle,  
'S cha teid Obair tuagh air d'i

Tha mi trom, &c.

2. 'S maith do lamh air aicfuin Gunna,  
Glassan buidh Chostadh prìs  
Dagachan beag na 'm ball airgiod  
'S toil leum fein mar Armachd ì.

Tha mi trom, &c.

3. Tha thu teomadh air Deannamh bhiodag,  
Seors' tha nios air dol à prìs;  
'S na 'n tigeadh fèum air na Gaidheil,  
Rachadh iad an àird a sgrìb,

Tha mi trom, &c.

4. Ni thu Scianan na Cos àirgiod,  
Forcadh bar-gheur is maith lì;  
S' Nuair thig Daoine Uaisle ga'm farraid,

[TD 49]

Crùn a Phaidhir, sud am prìs.

Tha mi trom, &c.

5. Ni thu tuagh, is tàl, is locair,  
Torrachan cho maith 's a' stir;  
Accuir luinge is ro mhaith Cummadh,  
'S gleidhidh sud 'O Chunnart ì.

Tha mi trom, &c.

6. 'S urra mi do Shlaoinne Chàirdeas,  
Air an daoine 's feàrr tha 's tìr;  
Na tigeadh trioblaid a'd' Charrabh,  
Bhiodh mac-Aillen air do thi.

Tha mi trom, &c.

7. Tha thu Cairdeach do Chlann Dòmhnuil,  
Daoine sonraicht ann son Strì,  
'S leir a bhuil air Clanna Gaidheal,  
Gu'n tug iad dhoibh an laimh Chlì.

Tha mi trom, &c.

8. Na bhiodhainse an Lunnain am Chomhnuidh,  
'S daoine mora air mo thi,  
Chostuin beagan dom Chuid Storais,  
'S ghleidhin Porsan duit 'O'n Rìogh,

Tha mi trom, &c.

9. Ge d' nach urra mi gad' Chonamh,  
Tha' min Comhnuidh air do Thi,  
O'n is Gilleadh Criodhail Coir thu,  
'S maith lium bèo thu, 's tu gun di,

Tha mi trom, &c.

10. Eirich a bhean 's fuigh am Bottal,  
'S lion an Coppan duin a Sgriob,  
Olaidh sinn deoch-slainnte s'handi,  
'S Cairidh è gach-Crann tha 'stirr.

Tha mi trom, &c.

[TD 50]

<eng>The FLOWERS of the FOREST.

I'VE heard a lilting, at our ewes milking,  
Lasses a-lilting afore break of day;  
But now there is moaning on ilka green loaning,  
Since our bra' foresters are a' wed away.

2. At boughts in the morning nae blythe lads are scorning,  
The lasses are lonely, dowie, and wae,  
Nae daffing, na gabbing, but sighing and sabbing,  
Ilk ane lifts her leglen, and hies her awa'.

3. At ev'n in the glomin, nae swankies are roaming,  
'Mang stacks wi' the lasses at bogle to play;  
But ilka ane sits dreary, lamenting her deary,  
The Flowers of the Forest are a' wed away.

4 In her'st at the shearing, nae younkens are jeering,  
The bandsters are rankled, lyert and gray;  
At fair nor at preaching, nae wooing, nae fleeching;  
The Flowers of the Forest are a' wed away.

5. O dool for the order, that sent our lads to the border!  
The English for ance by guile gat the day,  
The Flowers of the Forest that aye shone the foremost,  
The prime of our land lies cauld in the clay.

6. We'll hear nae mair lilting, at our ewes milking,

[TD 51]

The women and bairns are dowie and wae,  
Sighing and moaning, on ilka green loaning,  
Since our bra' foresters are a' wed away.<gai>

PLURAN na FRITHE.

GHeibhte sùgradh is màran, aig nionagan dàicheal,  
Roimhe bhrìste na faire a bleoghan aig a Chro,  
Niosadh bidh iad Craiteach, ma'n cuairt air gach ailin,  
Na Forsairin is ailde, gun chaill iad an Doigh.

2. 'Sa mhadain aig na Crothaibh, bha'n fhaic mi gillean oga  
Ach nionagan na'n aonar gu tursach, truadh,  
Gun mhirre, is gun mhàran, ach muladach is pramhail,  
Gach tè gu soigheach tarluidh, is tarnigh ise air folbh,

3. Ma fheasgar an sann anmoch, cha Chluin mi ceol na seachas,

Aig na Gilleabh meanmnach, measg ghruagach gu Dlù  
Ach Suidhidh iad gu Diamhair, aig cumha na tha di orra,  
Is flùran na fridheadh an deidh an t'oirt Dhiubh.

4. Aig foghara na Buanadh, cha'n fhaic mi oigridh Cluanas,  
Tha luch'd na'm bann air fuarach, 's iad uain air Dhroch li,  
Am feil na neill ga'mbi mi, cha'n fhaic mi suireadh na strì an,  
Is plurain na fridheadh, an dei's a'n t'oirt uain.

[TD 52]

5. Mo Chreach a Chuir ga'n ditheach, na Gillean chum na Chriche,  
'S na Sassanaich gu dìreach, air Cosnadh oirn's be'n beud,  
Fluir na frith is uaisle, air thoiseach, 'se bu dual duibh.  
Tha chuid is fearr m'a'n cuairt dhuin, nan luighe fuar an Cre.

6. Cha chluinn sinn tuille glaothaich, aig leagal na Caorach,  
Ach mnai is Clann a Caoineadh, gu tursach truagh,  
Sad muladach, is Craiteach, ma'n cuairt air gach Aillen,  
'S na Forsarain a bailte An deigh a'n tabhairt uain.

<eng>My Peggy is a Young Thing.

MY Peggy is a young thing,  
Just enter'd in her teens,  
Fair as the day, and sweet as May,  
Fair as the day, and always gay,  
My Peggy is a young thing,  
And I'm not very auld,  
Yet well I like to meet her at  
The waking o' the fauld.

2. My Peggy speaks so sweetly,  
Whene'er we meet alane,  
I wish nae mair t' allay my care,  
I wish nae mair of a' that's rare,  
My Peggy speaks so sweetly,

[TD 53]

To a' the lave I'm cauld,  
But she gars a' my spirits glow,  
At waking o' the fauld.

3. My Peggy smiles sae kindly,  
Whene'er I whisper love,  
That I look down on a' the town,  
That I look down upon a crown,  
My Peggy smiles sae kindly,  
It makes me blyth and bauld;  
And naething gives me sic delight  
As waking o' the fauld.

4. My Peggy sings sae sweetly,  
When on my pipe I play,  
By a' the rest it is confest,  
By a' the rest, that she sings best,

My Peggy sings sae sweetly,  
And in her sangs is tauld  
With innocence, the wale of sense,  
At waking o' the fauld.<gai>

Mo Pheggi tha i ogail.

MO Pheggi tha i ògail  
'S air tighin gu inbhe ghrinn,  
Mar tha an la 's alluin i,  
Mar mhios a cheatain 's cubhraidh i.  
Mo Pheggi tha i ògail,  
'S cha'n'eil mi fad ann aois;  
Ach 's ait lium tachairt orra, aig airreadh.  
Buaila chruigh, 's nan lao.

2. Ni Peggi caint cho chaoimhneal,  
Nuair tharlas sinn linn fein:

[TD 54]

Is cuirridh sud an cùram dhiom.  
S cha n'iar mi tuille chàch nach fiach;  
Ni Peggi caint cho chaoimhneall,  
'S gur fuar mi do gach aon;  
Is bheir i air mo spiorad las,  
Aig airreadh chruigh, 's nan laodh.

3. Ni Peggie gair caoineal,  
Nuair labhras mise air gaol;  
Gu 'n seal mi 'mbaille sios gun diu,  
Gu 'n seal mi sios air son a chruin;  
Ni Pcggi gaire caoi'neal,  
Ni aoibhin mi faraon:  
'S è aon ni 's mò dh'e'n ghabh mi thlachd,  
Bhidh 'g airridh chruigh 's na'n laodh.

4. Ni Peggi sèein gu fonmhar,  
'Nuair chluicheas mise air piop,  
Tha càch aig aidmheachadh gu rè,  
Gu'n tug iad urram dh'i gu leir,  
Ni Peggi sèin gu fonmhor,  
'Sa oranan co chaoin;  
Le neochint ann an tuigs ghlan;  
Aig airridh chruigh 's na'n laodh.

<eng>My Laddie no more.

With the oxtering of my laddie so lang,  
My belly is so big that I cannot gang,  
And my stays winna meet by very near a span,  
And it s a' for the oxtering my laddie sae lang.

And my laddie no more, and my laddie no more,  
And I'll never oxter my laddie no more.

2. When first my stays began to grow strait,

[TD 55]

My belt about me would not meet,  
I told my laddie of the thing,  
And he said they got rain,  
And they are all creeping in,

And my laddie no more, &c.

3. But well did I ken that it was not the rain,  
And I kent the reason, though I did not say't,  
But now I must confess that I hae gaen wrang,  
And its all for the oxtering my laddie sae lang.

And my laddie no more, &c.

4. When to the session I must go,  
The bellman before me, the way for to shew,  
To the cutty-stool then I must gang,  
And its all for the oxtering my laddie sae lang.

And my laddie no more, &c.

5. He often did lie at my side in the bed,  
And tell fine stories, would put me to rest,  
Let my friends do their best,  
For their kindness is but small,  
But I'll oxter my laddie in spite of them all.<gai>

LE caidribh th'oi'rt co fada dòn bhalachan og,  
Tha mo bhrù 'g eiridh suas, chor's nach gluais mi ach foill,  
Mo stais orm' cha dun è, mar leùd na bois is corr,  
Chion caidribh th'oirt co fada d'on Bhallachan òg.

Ach a Bhallachan oig, ach a Bhallachain oig,  
Cha tabhair mise Ga'dribh tuille a Bhallachain re'm bheo.

2. 'Nuair a thosuich mo stais re cintin ro theann,

[TD 56]

Mo chriosan ma'n cuairt dhamh cha b' urain mi chuir ann,  
Dh'innis mi do'm Bhallachan le dearbadh è san am,  
'S th'uir eisean fhuair iad uisg agus chrup iad ro ghann,

Ach a Bhallachain oig, &c.

3. 'S maith bha mi cìnteach nach uisge bu chion,  
Ri m' stais, is ri'm chrios a chin'tin cho' teann,  
Ach 's' èudar dhomh aidmheachadh nach dh' fhan mi ansa chòir,  
Le caidribh th'oirt cho fada do'n bhallachan òg.

Ach a Bhallachain oig, &c.

4. An iunadh mise bhi fuidh bhròn,  
A dh' iunsaidh an t' seisean is' èudar dhamh seòl,

'S an clèireach gam ghreiseadh a dhuinsai' an stoil,  
Chion caidrimh th'oirt cho fada do'n Bhallachan òg.

Ach a Bhallachain oig, &c.

5. 'S tric a luigh e ròm thaobh an leabaig bhig chaoil,  
'S chuirreadh è mi chaddal le storinean gaoil,  
Bi mo chairdeain fo ghruaim 's cha bhi n'caoineas domhe re,  
'S bheir mise caidrimh'n bhallachan a 'nain teoil gu leir,

'S ach a Ballachan oig, &c.

[TD 57]

<eng>Auld Lang Syne.

SHould auld acquaintance be forgot,  
And never thought upon?  
The flame of love extinguished,  
And freely past and gone?  
Is thy kind heart now grown so cauld,  
In that loving breast of thine,  
That thou canst never once reflect  
on auld lang syne?

2. Where are thy protestations,  
Thy vows and oaths, my dear,  
Thou mad'st to me, and I to thee,  
In register yet clear?  
Is faith and truth so violatè,  
To th' immortal gods divine,  
That thou can never once reflect  
On auld lang syne?

3. Is't Cupid's fear, or frosty cares,  
That make thy sp'rit decay?  
Or is't some object of more worth  
that stole thy heart away?  
Or some desert makes thee neglect  
Him once so much was thine?  
That thou canst never once reflect  
On auld lang syne?

4. Is't worldly cares so desperate,  
That makes thee to despair?  
Is't that makes thee exasperate,  
And makes thee to forbear?  
If thou of that were free as I,

[TD 58]

Thou surely would be mine;  
And then of new we would renew  
Kind auld long syne.

5. But since that nothing can prevail,  
And all hope is in vain,  
From these rejected eyes of mine,



Still showers of tears shall rain;  
And though thou hast me now forgot,  
Yet I'll continue thine;  
And ne'er forget for to reflect  
On auld lang syne.

6. If e'er I have a house, my dear,  
That's truly called mine;  
And can afford but country-charge,  
Or ought that's good therein;  
Though thou wert rebel to the king,  
And beat with wind and rain,  
Assure thyself of welcome, love,  
For auld lang syne.<gai>

SEAN EÒLAS.

'N Coir sean eòlas a chuir thart,  
Le diochuine is dol bàs?  
Na lasair ghaoil tha gabh'l gu bras,  
A smaladh as gu brath?  
Na bhuil do chriodhe air fàs co fuar,  
A'd bhroilleach mao-gheal tlà,  
Air ghleùs 's nach smuantich thu car uair,  
Air an t' sean chomun a bha'n.

2. C'ait bheil a ghaoil do ghealtanas;  
'S do mhionnan; 's iad is mo,  
A thug ù dhamh, 's a thug mi dhuit;  
Cho daingean 's a bha 'mo lò?

[TD 59]

Bheil creideamh agad, 's fireantachd,  
'S na Deèin fìor 's gach àm?  
Air chor's nach smuain-tich thu car uair,  
Air an t' sean chomun a bh' an?

3. 'Ne Cupid chuir thu'n geilt air chor,  
'S gun d'fhàs do spiorad fann?  
Na'n airridh ghaoil 's fearr na mis  
Thug uat do chriodhe 's an àm?  
Na neach thu fos a chaill do thlachd,  
Do 'n ti bu leat neo-ghann?  
Air chor 's nach smuaintich thu car uair,  
Air an t' sean-chomun a bh'ann.

4. Am bheil cùram saoghalt ort co chruaidh,  
'S gu'n ghabh thu dòchas fann?  
Na'n tug sud ort mo threigeadh tur  
Is cumail air do laimh?  
Na 'm bi tu dhamh mar tha mi dhuit,  
Ort gheibhin còir gunn tamh;  
Is nuadhaicheamaid an sinn as ùr,  
An sean chomun ciuin a bhan.

5. Bho nach buaghaich nì air bith,  
'Sa dh'albh gach dùil a bh'ann,

Bheir sud air uisge bhiodh gu dlù,  
A ruigh bho'm shuil gun tamh,  
Ge 'd' tha mi 'n diochuimhn air do chùl,  
Gur leat mo ruin 's gach àm,  
'S bu chòir dhuit smuainteachadh car uair,  
Air 'n t seann chommun a bh'ann.

6. Ma thig an la' bhi's agam tigh;  
A dh'ainmichin orm fein;  
Air feabhas ga'm bi ann biadh, is deoch,  
'S nithean maith eile faraon,

[TD 60]

Ge'd' bhiodh tu d' rebal 'naghaidh an riogh,  
'S tu milte le uisge, 's le gaoith;  
Gur dearhh gur è do bheatha chaoidh,  
Airson an t'sean chommun a ghaoil.

<eng>Wat ye wha I met the streen?

WAT ye wha I met the streen,  
Coming down the street my jo;  
My mistress in her tartan green,  
So blyth and merry was my jo.  
My dear, said I, thanks to the night  
That never wish'd true lovers ill;  
Since we are from your mother's sight,  
Let's take a walk up to yon hill.

2. O Ketty will you go with me,  
And leave this dinsome town a while?  
The blossom sprouting from the tree;  
The summer's given all to smile.  
The mavis, nightingale, and lark,  
The bleating lamb, and whistling hind,  
And ilka green gate in the park,  
Will nourish health and please your mind.

3. When the good warm morning comes,  
And venteth forth its draught of dew;  
We'll go to some burn side to play,  
And gather flowers to busk your brow.  
We'll pull the daizy from the green,  
The lucky gowan from the bog;  
And now and then in others arms,  
We'll fa' upon the velvet fog.

4. There is up into a glen,  
A wi' bit frae my father's tower,

[TD 61]

A bonny, saft, and flowery den,  
Where circling birks have form'd a bower.  
Whene'er the sun grows high and warm,  
We'll to the caller shade remove;

There will I lock you in mine arms,  
And love and kiss, and kiss and love.

GAELIC.

<gai>AM bheil fios co chùnaic mise an raoir,  
Teachd anuas an tsraid am chòir?  
Mo leannan fein an comhdach ùr,  
Is ì gu criodhail, caoi'neal, còir?  
Th'uirte mise, buidheachas don oidhch,  
Nach 'iar luchd gaol a chuir an call;  
'S 'on tha do mhàthair gun bhi ad chòir,  
Nach toir sinn sraid don bhein ud thall?

2. A Cheit a ghaol, nach folbh ù lium,  
I's fag am bailleadh so tha faon?  
Chi ù choille a tighin fuidh bhla'th,  
'San samhradh sealtuin oirn gu caomh.  
Biodh smeorach, s uiseag air gach bachd;  
An eilid bheag ni fead s a' ghaoidh;  
As gach pairc, is as gach glaic,  
Gu fiudh ù slaint bhar gach raon.

3. Nuair a thig a mhadain bhlàth,  
'Sa dhoirteas ì anuas a' druichd,  
Ruigidh sinn taobh uilt gun tamh;  
A'ghleidhadh lus, gu truscan ùr.  
Ga spionadh bh'ar gach ailean gorm,  
'S a bhuidheag bh'ar an lòn gu dlù;

[TD 62]

'S ann glacaibh cheile laimh ar laimh,  
Gun tuit sinn air a chònuich ùir.

4. 'Sa ghleannan thaitneach ud gu hard,  
Nach 'eil ach do thigh m'aithair dlù;  
Chi ù eassan lusach tla';  
'Sam beithe. lùbadh air a chùl.  
'Nam eiridh 'n ghrein gu harda blà,  
Dh'ionsuidh feannachd gluaisidh tù,  
'S am lamhaibh glacaidh mi u trà,  
'S bheir sinn gaol, is pog, is rùin.

<eng>The Sailor's Lament for the Loss of his Sight.

SOME men delight in honour,  
Some men delight in wealth,  
Some men delight in pleasure,  
Some glory in their strength;  
But as for me I never knew,  
True pleasure where to find,  
Except when on the ocean,  
Before that I was blind.

2. Now farewell to pleasure,  
Farewel the seas that roar,

Farewel to jolly seamen,  
For I can sail no more:  
Farewel to raging billows,  
Where once I took delight;  
Farewel to the foaming ocean,  
Since I have lost my sight.

3. Quebec, Montreal, Cape Breton,  
Greenland, and Florida;  
Barbadoes, hot Jamaica,  
St Kitts, Virginia:

[TD 63]

Likewise both Carolinas,  
With hundred places more:  
Where I have been, makes me lament,  
Now blind upon the shore.

4. For from my youth, upon the sea  
I ever had delight,  
Till providence commanded,  
That I should lose my sight:  
But since it's so, why should we then,  
Go murmur and repine;  
Since human art will not impart,  
A sight to me, now blind.

5. But yet my wife and family,  
For bread to me they cry,  
Which makes my heart for to relent,  
Lest they for want should die:  
Now in this case I think no one,  
Will think't below me then,  
That I should sell my stories,  
And songs, since I am blind.<gai>

Cumhadh a Mharaiche air Son a Leirsin.

Tha cuid aig earbsa an onoir,  
'S cuid eile 'g earbs a' maoin;  
Tha cuid aig earbsa a' solas,  
'S cuid eile a' tlachd mar aon;  
Ach air mo shonsa cha n' eile ni  
Thug so'las dhomn ach gann  
Mar bithuin air na chuantibh,  
An 'uair nach raibh mi dall.

2. Niose sla'n' le sòlas,  
Sla'n leis an fhairge mhoir,

[TD 64]

Sla'n le marichibh air fad,  
Cha seòl mi fein ni 's mò;  
Slaint le'n tonnuibh uaibhreach,  
Don ghabh mi spèis nach gann,

Is sla'n le neart nan cuantibh,  
'O nuair 's gu bheil mi dall.

3. Quebec, Montreal, Cape Breton,  
Greenland, is Florida,  
Barbadoes, is Jamaica,  
St. Kitts 's Virginia,  
Mar sud 's da Charolina,  
'S ceud àite ni bu mhò,  
'Nraibh mi uair, bheir orm bhi nios,  
Brònach air a'ntshòr.

4. O' thoiseach m'oiige ghabh mi tlachd,  
Bhi air na cuantiabh thall,  
Ach gus an deachaidh òrdachadh,  
Gu'm beigin damh bhi dall:  
On thachar sin, cha chòir dhamh fòs,  
Bhiodh gearan gèur gach àm,  
'S nach urra duine seall thoi'rt dhamh,  
'O n' uair 's gu bheil mi dall.

5. Ach biodh mo bhean 's mo theaghlach,  
Aig glaodhaiche 'g iarruidh bidh;  
'S laguidh sud mo chriodh goirt,  
Gu fuigh iad bàs le dì,  
Ach tha mi 'n do'chas nach bheil neach,  
Gheibh mi-chiat dhiom ach gan,  
Ged reicein sgeoil, is orain,  
O' nuair 's gu bheil mi dall.

[TD 65]

Laoidh mu Chruthachadh an t Saoghail.

A Thighiarna is a Dhia na'm feart  
'S tu an ti is aird a' tann,  
'S an duit tha neamh is tallamh geill,  
'S gach neach gu leir a 't ann.

2. Air tiartas lass an solus glan,  
Air cluintin guth do bheil,  
'S a' neimhni thug ù an domhan mòr  
'S gach aon ni 'tann gu leir.

3. 'S tu rinn a ghealach is a ghrian,  
'S na speùran gnìomh do lamh;  
'S tu rinn an cuan 'ta farsuing mòr,  
Ge lionmhor seorsa a' t' ann,

4. Tha'n lò re sgèul air t' fhirin ghlan,  
Is oidhcheachan gun tamh,  
Aig foilseachadh amach do ghloir,  
'S do ghliocais mhoir gun cheann.

5. 'S tu rinn na haingil mar an cèudn';  
Tha 'geisteachd ri do reachd,  
'S cha n'eil sa'n tsaoghal so gu leir,  
Ach neimhni faon a'd' bheachd,

6. An duine a chruthaich ù air tùs,  
Do'n ùr a' ta' fuidh'r bonn,  
'S an saoghal iomlan thug ù dha,  
'Sè làn do thorradh trom.

7. Cha raibh cumhachd aig a' bhàs,  
Gu bràth air beantuinn ris;  
Mar bhiodh chraobh chuaidh thoirmisg dha,  
Gun d'ith è pairt ga mios.

8. Ach dhòsan nochd ù iochd, is truas,  
Chuaidh uait le seachran bochd,

[TD 66]

'S na h'ainglibh neo-ghlan thilg tu sios,  
Don t' shlochd le dioghaltas goirt.

9. Air slabhruidh theann, an ceangal cruaidh,  
Gun fhuasgladh as gu bràth;  
Ann lochan dubh tha losgadh buan,  
'S ann cuan a chaoidh nach traigh.

10. Mo luighe sios is m' eriodh suas,  
Mo dhol a mach, 's a steach;  
'S gach smuainte diamhain a ta m'chom,  
'S geùr soilleir dhuit gu beachd.

11. Cha n'fhaica sùil, 's cha chuala cluas,  
'S cha smuantich duin'am feasd,  
Air meud a mhaith a thaisg thu suas,  
Don droing a ghluas a'd' reachd.

12. Tha sùil gach dùil a' feitheamh ort,  
Gam freasdal an's gach càs;  
A chum gu 'n tugadh tu dhoibh lòn,  
Ga'n cummail beo gach trà.

13. Dlù sgrìobh do lagh am Chrìodche steach,  
'S cuir t'e-agal Roimh mo Shùil;  
'S pill mo Chos o roduibh 'n uilc,  
'S biodh t aitheantaibh dhamh mar iul.

14. Ge'd' raibh mo naimhde air gach taobh,  
An saoghal, is an fheoil;  
'S am buaradar; cha tig dhamh dlù;  
O' n chuir è cul re coir.

15. Tha subhachas, is gairdeachas,  
An t àros naomh nach gann;  
Tha sluagh gun aireamh ann do chuirte,  
Aig seinn do chliù gun tamh.

16. Do laithean tha gun cheann gun chrich,

[TD 67]

'S do bhliadhnachan gun sgr;

An deigh don t saoghal dol na luaithr',  
'S a losgadh suas gu tur.

Laoidh mu thuitim Adhamh.

A Dhuine dhiamhain,  
Tha re deanamh lochd;  
Nach 'eil ù saoil sinn,  
Gu 'n tig caochladh ort;  
Le togradh dian,  
A toirt a miann don fheoil,  
'S gur è do dhùil  
Gu mair ù ùine beo.

2. Ach seall a' d' dheigh,  
Mar rith ù 'n rèis gu ceann,  
Do sheirbheis De,  
Cha tug u speis ach gann,  
Ce d' gheibh ù 'n saoghal so ga d'reir,  
'S gach gnothach rèidh gu d' sgoid,  
Na biodh do dhùil 'nuair theid ù null,  
Nach bi do chunntas mòr.

3. 'S còir bhi caoi'neil ris gach aon neach,  
'S gun bhi aingiolt olc,  
Nach do leubh ù mu na hainglibh  
Thainig dhionsuidh loit?  
Thug è stigh na theach gu saor iad,  
'S rinn è faoileachd chòir,  
Ann sa' bharaill gu 'm bu daoine iad  
Thainig air saothair mhòr.

4. O! gur treoblaideach a' ta sinn,  
Ann an gàbhadh geur;

[TD 68]

O' n' dh' ith Adhamh meas a ghàraidh,  
Thainig bh' àr na gèig;  
Fhuair am peaca' beagan fa' air,  
Is thug è 'm bàs ga 'r còir;  
'S tha shliochd o' 'n trà sin ann sgach aite,  
'S iad nan trailean do.

5. 'S cruaidh an staid ann raibh sinn,  
Aon uair, leis an tiontadh bho chd,  
Rinn satan sealladh air ar sinnsearachd,  
Is thionsgain se ar Plot.  
Ghabh criosda truas dhinn ann sa' chàs ud,  
'S chuaidh è 'n ràdhan ort,  
Do chum nach fuilgeadh sinn gu siorruidh  
Le trom dhioghaltas goirt.

6. B' è sud an t Urras a bha cruaidh  
Ge d' bha è suarrach ort;  
Cha d' thainig dh' òr. no dh' airgid riamh,  
Na bheireadh diol a' d' lochd;  
Ach gus an d' thainig Criasda fein,

'S gu 'n chèusadh è air Crois:  
Chuidh fhuil a dhortach sios gu làr,  
'S b' è sud am paighe goirt.

7. Ach an deigh a thoirt a nuas o'n fhàradh,  
Is bàsach air a Chrois;  
Thainig a mhuintir fein ga ionnsuidh,  
'S dh' adhlaic iad a Chorp.  
An treas la rinn se eiridh,  
'S fheuchain do na 's leor,  
Ach gus am faca' mòran sluaigh è  
'G iomachd suas gu glòir.

8. 'N uair thig è rìs chum an t saoghail,  
Ni è caochladh mòr.

[TD 69]

Ann an greadhnachas, 's an cùirt,  
Is chi gach sùil a ghlòir.  
Bidh teine lasrach air gach laimh dha,  
Chum a naimhde leon,  
Is Daoine taghta dhion 'o fheirg,  
S' ga 'n cuir an seilbh ann gloir.

9. 'N uair gheibh iad eoir air flaitheas De,  
A' measg an èibhneis mhòir:  
Lionuidh gairdeachas an inntin,  
'S cha bhi 'n cuimhn' air bròn.  
Ni iad dealrachadh na fhiadhnais,  
Mar a Ghrian sna neoil;  
Is iad gun tamh a' deanamh ciuil,  
Aig seinn a chliu gach lò.

10. Ach sibhse a shluagh a bh' ann sann eacoir,  
'S nach tug speis ga reachd;  
Chaith bhur beatha gu h easumhla,  
'S a chuir cùl ri 'r leas;  
Gluaisibh chum an teine shiorruidh,  
Loisgeas dian gach lò,  
Ann cluinn sibh gall, is cassadh fiaccladh,  
Leis na piantaibh mòr.

11. Ach ma 's ail leat sonas siorruidh,  
'S gun bhi 'm priosan bochd:  
Dh' ionnsuidh Chriosda teich le h eibhneas,  
'S fag a' d' dheigh lochd.  
Doirt do chroidhe 'mach na lathair,  
'S aid'ich t fhàilin dho.  
Is guidh gu'n glac è t anam rèidh,  
'Nuair bhios do Chrè gun deò.

[TD 70]

Mu Abram agus Aoidh araid. Air a thoirt o' Eachdraidh.

B' E cleachdadh Abram suidh ann 's dorus  
Feitheamh air luchd feum;



Air chor 's na 'n tigeadh Coigireach,  
Gu 'n tugt' è steach gu reidh.

2. Ach suil gan tug è thainig seachad  
Seann duine bochd faoin,  
Bha chuitrim uile air a bhata,  
'S è cèud bliadhna dh' aois.

3. Thu'irt Abram ris, è dhol a' steach,  
(Be sud a chleachd, 's a' bhèus)  
A Chassan ionlad ann an uisg,  
Is biadh, is tlus dha fein.

4. Thu'irt Abram ris, nach toir ù taing  
Do 'n Ti is airde gloir,  
A chuir gach aon ni ort co pailt,  
'S a chum co fad ù beò?

4. Thu'irt eisin ris, cha 'n 'eil neach ann  
Ga 'n toir mi taing, na gloir;  
Do'n teine ghèileas sinn air fad,  
'O 'n tig ar neart 's ar treoir.

6. Thu'irt Abram ris, bi dol amach,  
'S na tig a steach re d' bheò,  
Chion nach lùb ù sias ù fein,  
Do 'n Ti ga 'n gèil na sloigh.

7. Th'uir an Tighearna re Abra'am,  
Cia àit a' bheil a neach?  
A thug ù steach a' d' thigh gu caomh,  
Na 'n d' rinn ù caochladh beachd?

[TD 71]

8. Fhreagair Abram è gu glic,  
Is th'uir se ris gu fòil:  
A chionn nach gèileadh e dhuit fèin,  
Cha bhèus lium è bhi m' choir.

9. Ma dh' uillig mise dha gun fhiamh,  
Bhi Cèud bliadhna beò;  
Nach feudadh tusa ceadd thoirt dha  
Fuireach aon trà a' d' chòir?

10. Thug Abram leis è ris a' steach,  
'S thug pailteas dha gu saor;  
Gach Goireas a bha steach aige,  
Is leabuidh chuir fo thaobh.

Mu la Bhreitheam nais.

O! 'S mithich dhuin dusgadh,  
Tha sinn fadda neo Shurdoil gun stà;  
Is sinn gun umhuil gun Chùram,  
Gun tig sinn gu Cunntas gu bràth:  
Na'm bu leir dhuin an Gnothach,  
Cha bu chòir dhuin bhiodh Gabhail na Dàil,

'S gu 'm biodh ar n' obair re fheachuin.  
'Nuair thig teachdair gar neigheach on Bhas.

2. Bha na Maighdeana Crionta  
'S an lochranuibh lionta air 'N sgà.  
'S iad ullamh chum soluis,  
'Nuair bhuailte an Doras gun dail,  
Bha na Maighdeana Gòrach,  
Gun Oladh, gun seol acca dhà,  
'N uair thain' am fear Bainseadh.  
D' h'iar iad beagan a' landranuibh Chàich.

3. Cha dean sinn bonn fèum dhuibh,

[TD 72]

'S nach do Chuir sibh mu dheibhin na thrà;  
'S an tha eagal gu leir oirn,  
Gu faodadh sinn fein a bhiodh n'càs;  
Ach rigibh 'n luchd reiceadh,  
A's urruin gar freasdal gun dàil;  
'S gabhaidh sinn air ar 'naghairt,  
Fad 'sa Gheibh sinn ar fradharc mar [?]

4. Thug a Chuis ud dhuin Rabhadh  
Gu ma Chòir dhuin bhi fairre do Ghnath,  
'S bhon tha sinn neo-chinnteach,  
Cia nhionaid, na 'n tim thig am bàs;  
Bheir sinn Cuntas a ris 't  
'Nuair a rigas sinn breithamh nan gras  
Cia mar chaith sinn ar n'aimsir  
Ge'd 's beag oirn re s'heanachas e 'ndrasd.

5. Ge'd is taitneach le Daoine,  
Toil-intin 'n tsaoghal 'ta làthair;  
Cha 'n eil ann ach ni Diombuain,  
Nach fuirich ach mionad 'nar dàil;  
B' fhearr smuainteach air stòras,  
Nach teirig a shòlas gu bràth;  
'O nach lèir dhuin a chùis ud  
Gus a Druidear ar sùil leis a bhàs.

6. Ach tha 'n saoghal so an comhnuidh,  
G' ar Cummail an Dòchas gach là;  
Gu'n toir è dhuin sòlas;  
Sinn a Ghabhail a sheol ann sgach Càs;  
Ach 'nuair chàirear 's an ùir Sinn,  
'Sa chuireas e Cùl ruinn gu bràth  
B' fhear air n'anam bhiodh ann Siochamh.  
'Na na Choisin sinn riamh air a sgà.

7. Ma sheallas tu Cinteach.

[TD 73]

Cha 'n eil mòr thoilleach intin faoi n' Ghrein  
An rud is mòr tha Do Dhùil ann,  
'Sè is dochadh chuir cuil ruit gu leir,

An aite aighear is sugradh,  
Tha Bròn agus Cùradh na Dhiagh  
Air phailteas do Stòrais,  
Cha toir [?] fo 'n' fhoid ach u fein.

8. Nach Cual thu bhiodh labhairt,  
'S nach do leibh ù ma fhoidin Jòb,  
Ge'd bha Stòras mòr aige,  
Gun chaill è air fad è n'aon lo.  
Thanig trioblaid na aigne'  
Buill bhrùite 'na Chraicean 's na fheoil.  
Chum è Chrìodhe ann an Cèutadh,  
'S cha do pheaucuich le Bhèul ni bu mho.

9. Biodhuibh Cairdeal re cheile,  
'S na deannuibh an èacoir gu bràth,  
'Smaith luchd Dheannamh na reite,  
Is goirrear Clann Dhe Dhuibh gach la.  
'Nuair bha Maois ann san Neiphte,  
'S a dhuilt è gèil thoirt da Gnas;  
Chuir è cùl re 'ncud Stòrais  
An duil re mòr-shòlas a b' fhearr.

10. Cia mar làbhras sinn Focal,  
'N uair bheir an ti Cheart sinn na lathair?  
'Sa lion la, agus Bliadhna,  
A bhuillich sin Diamhain mar tha.  
Chum uilc tha ar togradh,  
'Sinn leisg do chum Obair, na Gràs.  
'Scruidh an Gnothach re èisdeachd,  
Gach lochd theid a leughadh 'n ar làthair.

11, 'Nuair theid an trompaid a sheideadh',

[TD 74]

Sud a Chruitheachd gu leir bun-os-ciònn  
Na mairbh ni è dhusgaibh,  
'S bheir an Cuan uaidh Cuntas nach gann.  
Thig Criothalmhian a ruisgeas,  
Na huaighean bha Duinte gu teann.  
Nuair thig breithamh na Còrach,  
Thoirt breith air gach seorsa bhios ann.

12. Theid an saoghal na Lasair,  
Eadar Chreagan is Ghlacan is Ghleann,  
Agus Tuitfuidh na realtain,  
Is loisgidh an speur os ar Ceann.  
C'àite an seasamh Droch Dhaoine,  
'San teinne bhi sgaoilte air gach laimh?  
Mur do ghluais iad sann fhirinn,  
Cha 'neil neach a ni di dean dhoibh ann.

23. 'S fa eagail is curam,  
A bhi smuainteadh an ùinedh so fein.  
Neul ruagh air a Ghealuich.  
S culluidh bhroin Chuirreas fallach m'un Ghrein  
Theid an saoghal na smuidrich,  
Is leaghuidh na duilean mar Cheir.

'Nuair thig Buachail a Cheartais,  
Gabhair cuntas air fad ann sa'ntrèud.

14. Nuair thig breithamh na firin,  
'S beag a' t' iunadh d' ar nintin bhi tròm  
Ni ar coguis ar diteadh,  
'S biodhidh leitir ar bìn ann ar Com.  
Theid ar tearbadh uaidh cheile,  
Mar ni buachille spreigh air an tom  
Cuid gu subhachas shiorruidh  
'S cuid eile gu Dioghaltas trom.  
Ach 'sè leigheas gach Cuiseadh,

[TD 75]

Sinn thoiseach re Urnuigh na thrà,  
Ar leig air ar Glùnaibh,  
'Sar Criodhachan ùmhlachadh Dhà.  
'S a bhi 'g iarruidh le dùrachd,  
Gun ar Peacann bhiodh 'n cuntas na làthair,  
'Sa bhi deannamh ar reiteach,  
Ris a neach chuaidh chèus air ar sgà.

Bruadar, ann seol Ceist agus freagra', Eidir beo, agus marbh, Le teisteanas  
an Ughdair.

B. AIsling ga 'm facadh mi 'n raoir,  
'S mi m' chodal gu faoin, am shuan;  
Neach àraid a' teachd am chòir,  
'S b'ann dòn 't seors è a chuaidh uainn;  
Ghabh mi sgèula dh'eth gu fòil,  
Ciod an seol a bh'air 's an uaigh?  
'Ndiagh dha tearrachduin san ùir,  
Cia mar dhuig sè as a shuain?

M. Ge'do tha mo chorp 's an uir,  
Air caitheamh na smudan ruadh,  
Bidh 'n t anam gu siorruidh beò,  
Air athrach seoil, is buaidh.

B. Cia mar tha agad cos is lamh?  
Sùilean, is ceann, agus sròn?  
Teangaidh a chum labhairt caint,  
Gun fheithin, gun chnaimh, gun fheoil?

M. Sann a tha mo chorp gu lèir,  
Mar fhailleas air eùdan bruaich,  
Nach feud thu ainneach a'd' laimh,  
Ge d' do dhainnuich'd è ma n cuairt?

B. 'M bheil agad ionnad, na tamh?

[TD 76]

Ach re fàrsaneich ma'n cuairt,  
Sùibhal, drabhasach 's à saothair,  
Mar a ghaoth a sheidas luath.

M. Cha dean sinn gu siorruidh saothair,  
'On a rinn sinn caochladh nuadh;  
Mar a toil le Dia na'm feart,  
Air cuir air theach daireachd anuas.

B. Tha sin 'g inseadh do chàch  
'Nuair dh'agas iad an fheoil  
Gu feud iad a bhiodh 'm barail chint,  
Iad a dh'indreachduin an glòir.

M. Chidh ù sa bhiobal, s' gabh beachd,  
Ma tha ù cleachd dol na chòir,  
Nach feud ni neo-ghlan am feasd,  
Dol a 's deach a dhionsuidh gloir.

B. Ciod eile is dol don t' sluagh,  
Nach 'eil a' gluasachd sa' chòir;  
Tha cur a nn neo-shuim a reachd,  
'S a' geileadh gu beachd do 'n fheoil?

M. Ann lochan duth tha losgad dian,  
Far nach faic iad grian, na neoil,  
H uile mionaid ann am piän,  
Far nach crian an teine mòr.

B. Cia mar a ni sinn ar sith?  
Liuthad strì tha oirn sann fheoil;  
Ar naimhdin gu tric mu 'n cuairt,  
Chum nach gluasamaid sa' chòir.

M. 'S è criosd buachaile an treud,  
A chuaidh chèusadh air do sgà;  
Cuir t achunuich suas gu gèur,  
'S ni se rèit ann àm do bhais.  
Air do naimhdean gheibh ù buaigh,

[TD 77]

An soaghal ga cruaidh, 's an fheoil;  
Is buaradair mìlteach na 'n lùb,  
A chuir cùl re sonas mòr.

Laoidh mu dhiamhnas an t Saoghoil. Air fonn Murta Ghlinne-comhan.

GE d' tha mi ann mò leabaidh,  
Cha d' fhuair mi an cadal air chòir;  
Tha truille air m' aigne,  
'S mò chriodh' air a lagadh le bròn;  
Mo smuaintin co ullamh,  
'S mi lèubhadh mò chunnartan mòr;  
Mur dean sinn ar sioth-chaimh,  
Nach deid sinn gu siorruidh chum gloir.

2. 'S ceart thig è thaobh natair,  
Air naoidheain an trà bhi siad òg,  
Co luath 's thig iad do 'n t saoghal,  
Gu 'n leig iad air caoineadh, 's air bròn;

Na 'm bu leir leo an cunnart,  
Cha deana' iad solas re ceòl;  
Cha 'n ionadh iad bhi duthach,  
'S beg am fà' air bhi subhach re 'm beò.

3. 'S ioma' trioblaid is cruadal,  
A' ta aca, re gluasad san ròd;  
'S an naimhdin mu 'n cuairt doibh,  
Ga bheil iad sior bhuailteach gach lò;  
Le 'm faileasaibh brèige,  
A dh' fhèuchain àn geil iad do 'n fheoil;  
'S gu 'm faigh iad toil-inntinn,  
Ma leannas iad dìreach an seòl.

4. 'S iomma' seòl th' aig ar namhaid,

[TD 78]

G' ar mealladh chum naire th'oirt oirn;  
Ma ghèileas sinn trà dha,  
'Sè a raoghain nach tàr sinn a choir;  
Tha 'm pòit-fhear a faicsin,  
Nach fhèud è bhi ceart gun an t òl;  
Saoilidh mearlach le ghaddachd,  
Air chìnnteach gu 'm pailtich è stòr.

5. Ge taitneach san àm iad,  
Cha tèid iad an samhldh re glòir;  
Th'oir an airre gur fìor è,  
Nach 'eil ann' ach diamhanas mòr,  
Nach fuirich ach tammal,  
'S a sgaoileas mar smallan, no ceò,  
Leig do bhunnait air criosda,  
'S th'oir an airre nach striochd ù do 'n fheoil.

6. 'S iomma' neàch, is cha ghann iad,  
Fhad 'sa mhairreas an slainte 's iad òg;  
A deir, 's eùl'seach dhuinn tionntadh,  
'Nuair thig aois, agus anradh ga'r leòn;  
Le 'm baralaibh faoineadh,  
A' gealltuin dhoibh saoghail na 's leòr;  
'S gun chint a bhi aca,  
Ge do luigh iad, am faic iad an lò.

7. Mar bha 'n geòcaire saibhir,  
'Nuair chunnaic è mhaoin a bhi mòr,  
A th'uir, 'Togaidh mi saighlin,  
A ghleidheas mo shaibhreas, 's mo stòr,  
Anam ith, is bi subhach,  
Feuch lòn arson iomadach lo;  
Fhuair è fios a cheart oidhch' ud,  
Tha thu cui'te d'e dh' oighreachd nam beò.'

8. Ach 's è cèitein na h òige,

[TD 79]

An t am an coltach dhuinn toiseach re stà,

Am pòr theid luath an a' s' talamh,  
Tha è dualach gu 'n abbuich è trà;  
'S fada uain ar ceann uighe,  
'S còir dhuinn gluasad san t slighe gu'n dail,  
'S iomma nì ta gu'r grabadh,  
Mur bi sinn n' ar faicill gach lò.

9. 'Nuair thig aois, bheir i tinn ort,  
Cha bhi t aigne, no t inntin air stà;  
'Nuair phrabbas do shùil-ean,  
'S a lagas do lùs, is do chail;  
'Nuair phreisis i t èudan,  
'S do chassan a chaola' gu d' shail;  
Ma dh' fhagas do thùr ù,  
Cha ghabh ù bonn cùram, do 'n bhas.

10. Siùbhlaidh àildeachd, is grinnis;  
Siùblaidh càil, agus binnis do bheòil;  
Treigidh neart agus spionna' thù,  
'S cha tog ù do mhisneach le ceòl;  
'Bidh do chluasan gun chlàisteachd,  
'S le d shùil-ean cha n fhaic ù air chòir,  
Bèul do chleibh air fàs cumhan,  
'S cha dìrich ù 'm bruch do d' dheoin.

11. Theid do chorp a chur samhach,  
Ann san duslach, 'o 'n d' tainig è 'n tùs;  
'S pillidh 'n t anam mu 'n stad è,  
Dhionsuidh britheadh a cheartais 's na'n dùl,  
Th'oirt cunntas 's gach focal,  
'S na gnìomhara' chleachd ù 'o thùs;  
Gheibh ù luigheachd a mhairreas,  
Ge b'e seòl air 'n do mharaich ù chùis.

[TD 80]

12. Ach ma gheabhar ù 'n criosda',  
Ge do tha ù gu h iosal fui' 'n chloich;  
Tha t uaigh air a samhladh,  
Ri leaba, chum tamh agus fois;  
Uime sin bi re dìchoil,  
Gu 'n dean ù do shìo'chaimh a bhos;  
Mu 'n fograr gu siorruidh,  
Chum lassraichin diän ù ga d' losg.

CRIOCH.

[TD 81]

An CLAR-INNISEACH.

	Taobh.	
AN raoir a bhruadair me m' chadal	3	
<eng>As I was a walking,<gai> 's mi tursach na 's leor		5
A chaillin donn daite	17	
Am bheil fios co chùnaic mise an raoir		61
A Thighiarna is a Dhia na'm feart	65	

A Dhuine dhiamhain	67	
Aisling ga 'm facadh mi 'n raoir	75	
Bha iad Sundach, Sundach, Sundach	33	
Bha n' tèug aig ar leabuidh an raoir		43
B' e cleachadh Abram suidh ann 's dorus	70	
Dhalbh mi 'n de gu sundach sundach		25
Dh'albh an Ceannuich air an 't soitheach		29
Gheibhte sùgradh is màran, aig nionagan dàicheal		51
Ge d' tha mi ann mò leabaidh	77	
Ho ro gun tug me Gaol duit	28	
<eng>I've heard a liltng at our ewes milking<gai>		50
Soruidh leat is beannachd agad	20	
Labhair Domh'ul Drovair	46	
Le caidribh th'oi'rt co fada dòn bhalachan og		55
Mo dhuil re h uir	15	
'Mb' fhaic sibh Domh'uil Mac Ruairi	40	
<eng>My Peggy is a young thing<gai>	52	
Mo Pheggi tha i ògail	53	
'Nuair phillis an t earrach	14	
'N cualadh sibhse n'sgèul daicheil		35
'N coir sean eòlas a chuir thuart	58	
O theid sinn do dh' America	22	
O! 's mithich dhuin dusgadh	71	
'Se sud an gilleadh suigeartach	31	
'S cruinn donn Sgiobalta	44	

[TD 82]

		Taobh.
<eng>Should auld acquaintance be forgot	57	
Some men delight in honour<gai>	62	
Thainig me seach allt nam bruach	7	
Tha mo chionsa gun seachnadh	12	
Thug mi 'n oidhche raoir san Airudh		37
Tha mi trom an deigh mo thurrais	48	
Tha cuid aig earbsa an onoir		63
<eng>When spring time returns	13	
With the oxtering of my laddie so lang	54	
Wat ye wha I met the streen<gai>	60	